

BANNAN

Notaichean an Tìdseir



Ro-ràdh

Tha sinn fortanach agus toilichte gu bheil *Bannan* air beàrn mhòr ann an dràma Gàidhlig air an telebhisean a lìonadh agus gu bheil am prògram air a bhith cho soirbheachail. 'S e goireas air leth a tha seo do àrd-sgoiltean: prògram tarraingeach a tha a' còrdadh gu mòr ri deugairean, prògram a tha cha mhòr gu tur ann an Gàidhlig agus prògram anns a bheil iomadh feart a bheir air an luchd-coimhid beachdachadh agus sgrùdadh a dhèanamh.

Tha e air leth cudromach gum bi an tidsear eòlach air *Bannan* mus cleachdar an t-aonad seo. Bhiodh e gu math feumail dhaibh cuideachd a bhith air coimhead tron aonad seo mus cuir iad gu feum e.

Cò dha a tha an t-aonad seo?

Tha an t-aonad seo freagarrach do sgoilearan aig ìre àrd-sgoile. Chan eil sinn airson a chuingealachadh a thaobh ìre ge-tà – 's ann tro fhreagairtean sgoilearan seach gnìomhan an aonaid a bhios diofarachadh. Dh'fhaodadh an t-aonad a bhith freagarrach do sgoilearan air a' chiad bhliadhna mar shlighe a-steach gu litreachas na Gàidhlig. Dh'fhaodadh e a bhith feumail do sgoilearan a tha airson *Bannan* a sgrùdadh mar phàirt de chùrsa Ìre Nàiseanta 5 no an Àrd Ìre. Tha taic ga toirt do sgoilearan a tha ag amas air *Bannan* a chleachdadh mar phàirt de chùrsa SQA aig deireadh an aonaid. Dh'fhaodadh an t-aonad taic a thoirt cuideachd do sgoilearan comasach aig ceann shuas na sgoile a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig. Tha na freagairtean a tha Stòrlann a' toirt seachad mar eisimpleirean de shàr fhreagairtean – bheir iad seo cuideachadh dhan tidsear ann a bhith a' làimhseachadh an aonaid.

Goireasan

Feumaidh na goireasan seo a bhith aig clas/sgoilearan a tha a' dol a dhèanamh an aonaid seo:

Bannan: Sreath Phileat (prògraman 1 – 3) a chithear air an làrach-lìn aig Stòrlann.

Na scriobtaichean airson nam prògraman seo
Aonad Stòrlainn

Chithear na trì prògraman air *Youtube*:

<https://www.youtube.com/watch?v=t1eTANoYf1U>

<https://www.youtube.com/watch?v=L3FFVieVZOM>

<https://www.youtube.com/watch?v=DZqXDfMCXPg>

Prògraman

Tha tòrr obrach an cois gach prògram. Bhiodh e ciallach beàrn fhàgail eadar a' chiad agus an dàrna prògram agus, a-rithist, eadar an dàrna agus an treas prògram.

Prògram 1: Sgrùdadh

Coimheadaidh na sgoilearan an toiseach air a' chiad phrògram air fad (mu leth-uair a thìde). Bheir sin cothrom dhaibh am plot a thuigsinn agus eòlas a chur air na caractaran agus air an t-suidheachadh.

Tha còir gun coimhead sgoilearan na seallaidhean fa leth den phrògram (mar a tha iad air an comharrachadh anns na ceistean) mus tòisich iad air na ceistean a tha stèidhichte orra a fhreagairt. Bu chòir gum bi leth-bhreac den scriobt aca gus am bi e nas fhasa dhaibh fianais a chleachdadh anns na freagairtean aca – bu chòir dhan tidsear iarraidh orra seo a dhèanamh cho tric 's as urrainn dhaibh.

'S e a bhith a'sgrùdadh diofar fheartan a chithear anns a'phrògram agus/no anns an scriobt an obair a tha stèidhichte air a'chiad phrògram. Bidh aig sgoilearan ri beachdachadh air:

- suidheachadh
- tònna
- scriobt
- plot
- structar
- caractaran agus cleasachd
- taghadh-facail
- obair-camara
- ceòl agus òrain
- cuspair agus teachdaireachd
- mar a b' urrainn do sgoilearan sgilean a thogail bhon dràma gus an cuideachadh ann a bhith a' cruthachadh film, 's dòcha airson *FilmG* agus iomadh rud eile a tha cudromach ann an dràma/film sam bith.

Freagraidh sgoilearan na ceistean seo le bhith a' gabhail notaichean an toiseach (gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile sgoilear a' gabhail pàirt anns a' ghnòthach).

Tha còir gun obraich sgoilearan mar bhuidhnean no mar chlas ann a bhith a' beachdachadh air gach ceist tro chòmhradh.

Tha mòran obrach stèidhichte air a' chiad phrògram. 'S ann airson dèanamh cinnteach gum bi sgoilearan air deagh thuigse fhaighinn air a' phlot is eile agus air eòlas a chur air na caractaran agus, cuideachd, airson còmhradh nàdarra a bhrosnachadh a tha seo. Dh'fhaodadh an tidsear/an clas cuid de na ceistean a sheachnadh nam biodh sin freagarrach. Chan eil obair an dàrna agus an treas prògram, an taca ri seo, idir cho tomadach no cho mionaideach. Tha e cudromach cuimhneachadh gum bi ìre freagairtean nan sgoilear a rèir aois agus comais. Tha sàr eisimpleirean de fhreagairtean rim faicinn mar phàirt de na notaichean seo agus bheir iad seo taic dhan tidsear nach eil cho eòlach air *Bannan*, a bharrachd air na sgoilearan.

Sealladh 1: 0:00 - 0:05 mionaidean

Structar/Tòna/Scriobt

Le bhith a' beachdachadh air a' phrògram air fad:

- a. Beachdaich air carson a thòisich am prògram mar seo.

Tha an oidhche stoirmeil – tha coltas cunnartach oirre. Tha seo a' toirt rabhadh dhuinn nach eil toiseach a' phrògram (no is dòcha am prògram air fad) gu bhith dòigheil.

- b. Dè na dòighean anns a bheil an scriobt gar cuideachadh gus a bhith a' tuigsinn toiseach a' phrògram?

Tha an scriobt gar cuideachadh gu mòr. *Tha dorchadas a' dùnadh a-steach – ro luath, ro thràth.* Tha an ath-aithris seo a' cur cuideam air an fhacal 'ro' – tha seo fhèin a' cur barrachd cuideim air na buadhan *luath* agus *tràth* – a' nochdadh dhuinn gu bheil cunnart no eagal air toiseach.

Seallaidhean 2 - 3: 0:05 - 0:55

Caractaran

Le bhith a' beachdachadh air a' phrògram air fad:

- a. Inns cò na caractaran a chì sinn san t-sealladh seo.

An dotair a tha a-nis air bàsachadh (An Dotair Eoghainn)

- Anna – màthair Màiri
- Màiri – mar leanabh
- Tormod – athair Màiri, an duine aig Anna – chì sinn a làmh

(ged nach eilear an dùil gun tog a' mhòr-chuid de sgoilearan seo)

Camara/Taghadh-facail/Beachdachadh

- b. (i) Ciamar a tha fios againn gu bheil cuideigin eile san rùm (a bharrachd air a' bhoireannach, an dotair agus an leanabh)?

Tha an dotair ag ràdh: *Nighean bheag, a Thormoid.*

Tha an dotair agus Anna a' coimhead a dh'ionnsaigh cuideigin nach fhaic sinne (ged a chì sinn a làmh a' greimeachadh air làmh Anna).

- (ii) Saoil carson nach eil sinn a' faicinn an neach seo?

Tha e a' fàs soilleir gur e sùilean a' caractair eile (Tormod) a tha sa chamara – mar sin, chan fhaic sinn ach na chunnaic esan. A bharrachd air seo, tha sinn ag ionnsachadh tron phrògram nach robh Tormod gu feum mar athair agus chì sinn nach eil e a' dèanamh feum san t-suidheachadh seo – chan eil e fù 's a' bruidhinn.

Structar

Le bhith a' beachdachadh air a' phrògram air fad:

- c. Dè an seòrsa sealladh a tha seo agus carson a tha e aig fìor thoiseach a' phrògram mus faicear an tiotal?

'S e ais-shealladh a th' ann.

Tha e cudromach gu bheil seo aig an fhìor thoiseach a thaobh a' phrìomh caractair (Màiri): seo toiseach a beatha agus tha na thachair anns an ath-shealladh a' toirt mìneachadh dhuinn air a suidheachadh.

Tha e cuideachd cudromach gus am faic an luchd-coimhid gu bheil na thachair an oidhche seo (nuair a rugadh Màiri) air buaidh mhòr a thoirt air na caractaran air fad. Tha sinn ag ionnsachadh mu na bannan a tha eadar dithis de na prìomh caractaran (Màiri agus Tormod) agus mun dotair a tha cho cudromach do Mhàiri is gu bheil a bhàs a' toirt oirre tighinn dhachaigh airson a' chiad uair ann an ochd bliadhna.

Tha e cuideachd cudromach oir tha ais-sheallaidhean a' ruith mar sgeulachd bheag tron chiad phrògram – seo a' chiad fhear dhiubh.

Scriobt/Cleasachd/Ceòl/FilmG

Leugh Sealladh 3.

- d. Is dòcha gum bi cuid agaibh ag amas air scriobt a sgrìobhadh airson co-fharpais FilmG na bliadhna sa. Ainmich cuid de na rudan a tha sinn ag ionnsachadh mu bhith a' cur scriobt ri chèile bhon t-sealladh seo.

Bu chòir na leanas a bhith ann:

Tiotal (ann an CEANN-LITRICHEAN) ag innse:

- a bheil an sealladh a' tachairt a-muigh no a-staigh
 - far a bheil e a' tachairt
 - cuin (uair den latha agus, 's dòcha, ceann-latha no bliadhna) Stiùireadh dhan stiùiriche (me, aois agus coltas nan caractaran), an neach-camara (far am bu chòir an camara a bhith) agus dha na cleasaichean (na th' aca ri dhèanamh)
- Ainmean nan caractaran ann an CEANN-LITRICHEAN
Còmhradh ann am meadhan na duilleig

- e. Tha an scriobt gu math fosgailte – chan eil stiùireadh mionaideach ga thoirt seachad. Carson a tha thu a' smaoinichadh nach tug an sgrìobhadair barrachd fiosrachaidh dhan stiùiriche?

Tha an sgrìobhadair a' toirt seachad 'cnàmhan na sgeulachd' (na rudan as cudromaiche) ach chan e sgeulachd leasaichte, chrìochnaichte a th' ann an scriobt. Tha saorsa aig an stiùiriche fhèin a bhith cruthachail na ullachadh agus fhad 's a tha filmeadh a' dol – 's esan/ise an t-eòlaiche bhon seo a-mach. 'S e obair an stiùiriche feòil (ceòl, cleasachd...) a chur air na cnàmhan.

- f. Beachdaich air an ìre chun an robh an stiùiriche agus na cleasaichean soirbheachail ann a bhith a' toirt an scriobt anns an t-sealladh seo. Cleachd eisimpleirean nuair a tha thu a' toirt seachad do bheachd.

Tha a h-uile càil a tha cudromach anns an scriobt ri fhaicinn anns a' phrògram. Chan eil aois Anna (21) ro chudromach – gheibh sinn beachd bho bhith ga faicinn. Tha 'an dotair' agus 'Anna' air leth sgileil ann a bhith a' toirt an t-seallaidh seo beò. Tha sinn a' faicinn nach eil mòran stiùiridh anns an scriobt a thaobh tònna no fhaireachdainnean, ach tha an dithis air leth soirbheachail ann a bhith a' nochdadh an dà rud seo tro chleasachd (*Tha corp Anna a' critheanaich*) agus tro bhruidhinn *Mo bheannachd oirbh fhèin. Nach sibhse rinn math.*) Tha an stiùiriche a' cleachdadh ceòl gus tònna nas dòigheile a thoirt gu deireadh an ais-sheallaidh agus toiseach an ath sheallaidh.

Seallaidhean 4 – 5: 0:55 – 2:55

Caractar/Plot/Suidheachadh

- a. Inns dè an suidheachadh sa bheil Màiri.

Tha Màiri a' tighinn dhachaigh (air a' bhàt'-aiseig) agus a leanabh beag còmhla rithe.

Caractar / Plot / Camara / Scriobt / Taghadh-facail

- b. Ciamar a tha fios againn gu bheil Màiri mì-chofhurtail nuair a tha i a' ruighinn an eilein? Cleachd fianais airson taic a thoirt dha do bheachd.

Tha a h-aodann agus mar a tha i ag osnaich a' nochdadh dhuinn gu bheil i draghail mu na tha air thoiseach oirre. Chan eil e idir a' còrdadh rithe gun robh fios aig Iain gun robh Màiri air a' bhàta: '*Cha tàinig aon atharrachadh air an àite seo. Cha dèan thu ceum.*' Tha an scriobt ag innse dhuinn gu bheil Màiri a' cur ceist oirre fhèin: '*An e an rud ceart a tha i a' dèanamh le bhith a' tilleadh?*'

Caractar/Plot/Camara

- c. Dè tha a' sealltainn dhuinn gu bheil Màiri air a bhith soirbheachail on a dh'fhàg i an sgoil?

Tha càr spaideil aice (Audi), càr daor mar a chanas Iain. Tha clàr prìobhaideach air a' chàr – rud a tha a' nochdadh dhuinn gu bheil gu leòr airgid aice.

Caractar/Plot/Taghadh-facail

- d. Ciamar a tha fios againn nach eil Màiri idir faisg air a càirdean?

Cha robh fios aig co-ogha Màiri (Iain) gun robh tè bheag aice. Chan eil Màiri am beachd a dhol gu taigh a seanmhar ach *chun an taigh-òsta*. Tha i ag ràdh seo le guth fuar, cruaidh. Ged a tha i air tilleadh dhan eilean, chan eil i an dùil a bhith ann ach *dà latha*.

Caractar/Scriobt

- e. Leugh an scriobt airson Sealladh 5. Seall, le fianais, mar a tha caractar Iain air a leasachadh ann.

Tha Iain fada na cheann is bheir e air daoine dèanamh mar a tha esan a' smaoinichadh a tha ceart: *tha i airson a dhol seachad air nuair a sheasas e a-mach air beulaibh a' chàir. Feumaidh i stad.* Tha e a' leum am broinn a' chàir ged nach eil Màiri ga aithneachadh. Tha e a' toirt air Màiri faireachdainn ciontach – *tha i an-còmhnaidh a' bruidhinn ort* (agus mar sin a bhith a' dol a thaigh a seanmhar): *tha e follaiseach gu bheil argamaidean Iain a' tòiseachadh ri buannachd.* A dh'aindeoin seo, tha rudeigin bog, snog mu caractar Iain. Tha Màiri toilichte fhaicinn ged a tha Iain gu math bragail – aig an ìre seo chanadh sinn gur e a-mhàin de a càirdean a tha prìseil dhi. Chì sinn cuideachd mar a tha Iain gu math dèidheil air càraichean agus a leithid: rud a bhios fhathast cudromach ann am plot *Bhannan – A Mhàiri ... Faigh mi shot dhan char agad?*

Camara/FilmG

- f. Tha sinn a' faicinn Màiri is i a' dràibheadh far a' bhàta agus a' tachairt ri Iain. Cia mheud pìos camara a tha eadar 1:28 – 2:55?

Còrr is fichead (21).

- g. Dè tha seo a' nochdadh dhuinn mu bhith a' dèanamh film?

Tha an t-uabhas de dh'obair-camara an lùib sealladh mar seo – mòran a bharrachd air na tha an neach-coimhid mothachail (mura smaoinich e mu dheidhinn).

Sealladh 6: 2:55 - 3:59

Camara/Suidheachadh

- a. Cò ris a tha an sgìre anns an do dh'fhàs Màiri suas coltach?

'S e sgìre air leth brèagha a th' innte. Tha an t-àite air a chuartaichadh le muir agus beanntan àrda. Tha taighean agus croitean sgapte ri taobh an rathaid. Tha coltas torrach, uaine air na croitean. 'S e sgìre dhùthchail, iomallach a th' innte – chan eil an rathad ach singilte agus chan fhaic sinn ach càr Màiri.

Tòna

- b. Inns mar a tha tòna air a chruthachadh an seo.

Tha tòna dòigheil air a chruthachadh tro cheòl aotrom, sìtheil.

Caractaran/Beachdachadh/Taghadh-facail

- c. Dè cho soirbheachail 's a tha teaghlach Iain a rèir choltais? Inns carson a tha fios agad air seo.

Chì sinn gu bheil taigh mòr, spaideil aca. Tha Iain ag ràdh gu bheil pìos a' dol leis (an taigh aca) a h-uile bliadhna, mar craobhan, canaidh iad.

Caractaran/Camara/Beachdachadh

- d. Saoil dè am beachd a th' aig Màiri air Tormod? Carson a tha thu a' smaoinachadh seo?

Chì sinn a h-aodann anns an sgàthan nuair a bhruidhneas Iain air Tormod. Tha e soilleir gu bheil fìor dhroch bheachd aice air. Tha e soilleir nach eil i airson ùidh a nochdadh anns na tha Iain ag ràdh mu dheidhinn, mar a rinn i (le gàire) nuair a bhruidhinn Iain mu thaigh a theaghlach.

Sealladh 7: 3:50 - 4:22

Taghadh-facail/Structar

- a. *Ochd bliadhna*: Carson, nad bheachd-sa, a tha na facail seo leotha fhèin?

Chan urrainn do Mhàiri a chreidsinn gu bheil an ùine cho fada on a bha i ann mu dheireadh. Tha an taghadh-facail agus an structar (mar a tha na faclan leotha fhèin) a' cur cuideam air an sgaradh a tha eadar Màiri agus a dachaigh is a teaghlach.

Camara/FilmG

- b. Cia mheud pìos camara a tha anns an t-sealladh seo? Ainmich iad.

3:51 - 3:57: an càr a' dlùthachadh ris an taigh

3:58 - 4:01: Màiri (an camara mar a sùilean) a' coimhead air an taigh

4:02 - 4:05: an camara a' coimhead a-steach dhan chàr is Màiri ag ràdh *Ochd bliadhna*

4:06 - 4:22: an càr a' dràibheadh seachad air a' chamara agus a' dèanamh air an taigh

- c. Dè tha seo a' nochdadh dhuinn mu bhith a' dèanamh film?

Tha tòrr obrach an lùib eadhon sealladh beag mar seo, ged nach eil ach glè bheag de chleasachd agus de bhruidhinn ann.

Scriobt

- d. Dè am fiosrachadh cudromach a tha an scriobt a' toirt dhuinn – fiosrachadh ('s dòcha) nach do thog sinn nuair a choimhead sinn an sealladh seo?

Tha an scriobt ag innse dhuinn gu bheil Màiri air ais san àite far an do rugadh i (*Aithnichidh sinn gur e an aon taigh cruith a th' ann 's a bha sa chiad sealladh.*)

Sealladh 8: 4:22 - 5:48

Caractaran/Scriobt/Camara/Taghadh-facail

- a. Ciamar a tha fios againn nach eil Donna agus Fionnlagh toilichte Màiri fhaicinn?

Tha Fionnlagh a' cumail air leis an altachadh nuair a nochdas Màiri. 'S e a bhith a' cur crìoch air an ùrnaigh as cudromaiche dha seach Màiri a tha air a bhith ochd bliadhna air falbh. Chan eil e a' coimhead oirre gu às dèidh dha an ùrnaigh a thoirt gu ceann.

Tha Donna a' coimhead airson greis mus can i càil agus, nuair a bhruidhneas i, tha i fuar rithe. Chan eil i a' seasamh gus fàilte a chur oirre. Tha i airson adhbhar Màiri ann a bhith a' tilleadh a chur mu choinneimh a h-uile duine (gu bheil i ann airson an tiodhlachaidh aig an dotair agus chan ann airson a bhith a' cèilidh air a càirdean). Tha a ceistean cruaidh agus garbh: *A bheil athair aice?* Tha i a' dèanamh gàire rithe ach tha e soilleir gur e gàire fuadain a th' ann.

Caractaran/Beachdachadh

- b. Le bhith a' smaoinichadh air a' phrògram air fad, saoil carson a thug Màiri an t-ainm *Anna* air a leanabh?

Sin ainm a màthar a chaochail nuair a rugadh i fhèin. Chaidh an leanabh ainmeachadh air a màthair.

Caractar/Scriobt

- c. Thoir do bheachd air a' chàirdeas a tha eadar Peigi agus Màiri. Cleachd fianais no eisimpleirean nuair a tha thu a' toirt seachad do bheachd.

Tha gaol cho mòr aig Peigi air Màiri: *Mo nighean! ... Nach seall sibh an naoidhean!* Tha i a' cur fàilte bhlàth air Màiri ged nach eil Màiri airidh air (tha i air tilleadh airson adhbhar eile, chan eil i an dùil fuireach anns an taigh): *Thig thusa a-staigh chun an teine.* Tha Màiri air a dòigh a seanmhair fhaicinn. Tha ceanglaichean teaghlaich air leth cudromach do Pheigi: *Cò ris a tha i coltach?* Tha an scriobt ag innse dhuinn gu bheil *cridhe Peigi a' lìonadh le toileachas* nuair a chluinneas i ainm leanabh Màiri. Tha Peigi làidir agus 's i fhathast a dh'innseas do Mhàiri dè nì i: *Taigh-òsta! Do chas chan eil thu dol ann a sin.* Tha Màiri a' gabhail ris na chanas Peigi, ged nach eil i a' faighinn a toil fhèin.

- d. Nad bheachd-sa, dè an ceangal a tha eadar Peigi, Donna, Fionnlagh, Iain agus Màiri (agus Tormod is Anna (màthair Màiri))? Inns carson a tha thu den bheachd seo.

Tha fios againn gu bheil Iain agus Màiri nan co-oghaichean (tha an aon seanmhair aca). 'S e màthair Iain a th' ann an Donna agus tha e soilleir gur e Fionnlagh athair.

Tha e coltach gur e Fionnlagh mac Peigi leis mar a bhuail i e agus mar a bhruidhinn i ris nuair a bha e a' gabhail an altachaidh. Chì sinn nach eil i a' dèiligeadh ri Donna air an aon dòigh.

Tha sinn an amharas gur e Anna nighean Peigi (seach Tormod a bhith na mhac dhi) le mar a tha an scriobt ag innse dhuinn gun do lìon *cridhe Peigi ... le toileachas* nuair a chuala i ainm an leanabh.

Sealladh 9: 5:48 - 8:14

Caractar

- a. Inns mu obair Màiri.

Chan eil i ag obair san taigh-chùirte cho tric 's a b' àbhaist dhi. Tha i a' dèanamh barrachd le còraichean talaimh a-nis. Tha i ag obair do bhuidheann a tha a' togail tòrr thaighean sa bhaile mhòr agus a tha a' feuchainn ri pìos talaimh a cheannach ri taobh na h-aibhne. Tha i a' cantainn gu bheil a h-obair a' còrdadh rithe.

Caractar/Plot/Taghadh-facail/Beachdachadh

- b. *Bha an dotair ceart. Cha robh dòigh às agam ach falbh.*

Dè tha na facail seo ag innse dhuinn mu shuidheachadh Màiri o chionn ochd bliadhna?

Feumaidh gun robh Màiri ann an suidheachadh gu math doirbh ma bha i a' faireachdainn nach robh roghainn aice ach falbh.

Feumaidh gun robh comhairle an dotair gu math cudromach dhi oir dh'èist i ris agus rinn i an rud a mhol e dhi.

Caractar/Plot/Taghadh-facail

- c. Le bhith a' smaoinichadh air a' phrògram air fad, saoil dè an t-amas a tha aig Donna le bhith ag iarraidh air an *estate agent* tighinn?

Tha e soilleir (le mar a tha Peigi ag ath-aithris an fhacail) gu bheil *fiachan* mòra air Donna agus Fionnlagh. Tha e follaiseach gu bheil iad air a bhith a' cosg airgead nach eil aca air an taigh aca fhèin (*Nam faiceadh tu an taigh aca.*)

Tha Donna an dòchas airgead a thogail le bhith a' reic taigh Peigi gus na fiachan seo a phàigheadh.

Caractar/Plot/Taghadh-facail/Camara/Scriobt

- d. Dè na dòighean sa bheil e soilleir gu bheil gràin aig Donna air Màiri?

Tha coltas Donna ag atharrachadh nuair a chì i Màiri agus na tha i a' dèanamh.

Tha i a' dèanamh a-mach gu bheil Màiri ri rud nàr, salach: *Tha rùm iosal ann ma tha thu airson sin a dhèanamh ... far nach fhaic duine thu.* Le bhith ag ràdh seo, tha i ga dhèanamh follaiseach nach eil fàilte sam bith roimhe aig an taigh.

Tha Donna cuideachd airson Màiri a ghoirteachadh: *Nach bochd nach robh a h-athair airson tighinn dhachaigh.* Tha an scriobt a' dèanamh soilleir gu bheil i ag iarraidh làmh-an-uachdair fhaighinn air Màiri: *Tha Donna a' fàgail leis an sin. Fhuair i an tathag mu dheireadh air Màiri.*

Sealladh 10:8:14 - 9:08

Suidheachadh/Beachdachadh

- a. Nad bheachd-sa, dè am baile sa bheil Alasdair (leannan Màiri) agus Màiri a' fuireach? Inns carson a tha thu den bheachd seo.

Tha am baile ri taobh na mara (agus tha fios againn mu thràth gu bheil abhainn ann). 'S e baile mòr, trang a th' ann le togalaichean àrda. Tha mòran de na togalaichean glas. 'S e fear de phrìomh bhailtean na h-Alba a th' ann. Chan eil Glaschu faisg air a' mhuir agus chan eil abhainn ann an Dùn Èideann no ann an Dùn Dè. Tha dà abhainn ann an Obar Dheathain, tha am baile an cois na mara agus tha a' mhòr-chuid de thogalaichean glas (is iad air an dèanamh à clach-ghràin.

Caractar/Suidheachadh/Camara/Taghadh-facail

- b. Inns dè an suidheachadh sa bheil Alasdair.

Bha mi ag ionndrainn seo: tha Alasdair ag innse gu bheil e air a bhith ag ionndrainn a bheatha shòisealta (on a rugadh Anna) agus tha an camara a' dèanamh soilleir gu bheil e air a dhòigh a bhith a-muigh còmhla ri a charaidean a-rithist. Tha e toilichte gum faigh e fois nuair a bhios Màiri agus Anna air falbh: caidilidh mi.

Sealladh 11:9:08 - 9:35

Caractaran/Taghadh-facail/Beachdachadh/Scriobt

- a. A rèir Peigi, dè na dòighean sa bheil Màiri air atharrachadh? Cleachd fianais nad fhreagairt.

B' àbhaist do Mhàiri a bhith a-muigh an ìre mhath fad na h-ùine: *Bha latha ann agus cha ghabhadh tu cumail a-staigh.* Ach tha i den bheachd gu bheil Màiri ag obair ro thrang a-nis agus nach eil i a-muigh tric gu leòr: *Chan eil an dath as na gruaidhean sin a b' àbhaist. ... Tuilleadh is cus ùine ann an oifis.*

Caractaran/Plot/Taghadh-facail

- b. Dè tha a' tachairt anns a' chàirdeas eadar Màiri agus Peigi anns an t-sealladh seo?

Tha sinn a' faicinn gur e Peigi a tha a' stiùireadh Màiri – gu bheil an càirdeas a' fàs nas coltaiche ri mar a bha e bliadhnachan air ais: *Thèid thusa a-mach cuairt ... Cuiridh tu i ort i (an t-seacaid) ... Coimheadaidh mi fhìn às dèidh na tè bige.* Tha Màiri ag èisteachd ri a seanmhair agus a' dèanamh mar a chanas i.

Scriobt

- c. Dè am fiosrachadh a tha an scriobt a' toirt dhuinn a thaobh na tha an inntinn Màiri?

Tha sinn a' leughadh: *Chan e droch bheachd a bhiodh ann - 's chì i a-mach an uinneag na raointean air an robh i gu math eòlach.* Tha Màiri airson eòlas às ùr a chur air an àite anns an robh i òg – tha atharrachadh a' tighinn air mar a tha i a' faicinn an eilein.

Sealladh 12:9:36 - 10:16

Camara/Caractar/Plot/Scriobt

- a. Le bhith a' coimhead air toiseach an t-seallaidh seo (gu 9:43) agus le bhith ga leughadh anns an scriobt, seall mar a chuir stiùiriche Bhannan ris na sgrìobh an sgrìobhadair anns an scriobt.

i. Chì an neach-coimhid (a tha a' coimhead gu faiceallach) gu bheil cuideigin eile ann – pìos air cùlaibh Màiri. An e Tormod a th' ann – is ùidh aige anns na tha a nighean a' dèanamh?
ii. Tha Màiri a' coimhead air na seallaidhean agus tha fiamh a' ghàire air a h-aghaidh.

- b. Le bhith a' beachdachadh air a' phrògram air fad, saoil carson a chuir an stiùiriche ris an t-sealladh seo?

i. Tha Tormod gu bhith a' fàs nas cudromaiche ann am plot na sgeulachd is tha e follaiseach gu bheil e airson eòlas a chur air a nighinn, Màiri. Tha an neach a chì sinn sgeadaichte mar a tha Tormod ann an Sealladh 13. Tha e coltach gu bheil an stiùiriche airson Tormod a thoirt a-steach dhan sgeulachd, beag air bheag.
ii. Tha an t-àite seo prìseil dhi. Tha e a' còrdadh rithe a bhith air ais air an eilean.

Seallaidhean 12A & 12B: 10:17 - 11:05

Caractaran/Beachdachadh

- a. Dè cho fallain 's a tha an càirdeas eadar Màiri agus Alasdair, nad bheachd-sa? Inns, le fianais, carson a tha thu den bheachd seo.

Tha Màiri ag iarraidh bruidhinn ris gu mòr agus tha i a' fàgail teachdaireachd bhlàth, ghaolach: *B' fheàrr leam gun robh mi còmhla riut fhèin ... Gaol mòr, mòr.* Air an làimh eile, tha ceist air an neach-coimhid a bheil an t-saorsa a th' aig Alasdair a' còrdadh ris na b' fhèarr na bhith còmhla ri Màiri agus Anna.

Sealladh 13: 11:05 - 12:03

Caractaran/Cleasachd/Taghadh-facail

- a. Dè na dòighean anns a bheil e soilleir gu bheil e eagalach duilich do Mhàiri agus do Thormod (athair Màiri) nuair a tha iad a' tachairt air a chèile.

Tha Tormod agus Màiri a' coiseachd gu h-àbhaisteach aig toiseach an t-seallaidh. Tha an dithis aca a' stad pìos mòr bho chèile nuair a chì iad a chèile. Tha seo mar mheatafor air an astar a tha eatarra.

Tha sùilean Màiri an toiseach mòr, fosgailte – tha coltas nàimhdeil, fuar orra.

Tha Tormod airson am beàrn (gu litireil agus anns a' chàirdeas) a dhùnadh – tha e a' tighinn nas fhaig' oirre, ach chan urrainn dha faclan a chur ri chèile: *Cha robh mi ach ... creachain ... do Pheigi*. Tha mar a tha e a' bruidhinn a-rithist mar mheatafor air a' chàirdeas – tha e briste.

Tha Màiri a' dùnadh a sùilean cho luath 's a thèid e seachad oirre – tha an coinneachadh seo air a goirteachadh gu mòr.

Tha Tormod a' stad agus a' tionndadh – tha e ag iarraidh cùisean a chur ceart, ach chan urrainn dha – tha e a' coiseachd air falbh.

Tha Màiri a' tarraing anail mhòr (mar gu bheil i a' glanadh air falbh an rud a thachair) agus a' teicheadh bhon t-suidheachadh.

Suidheachadh/Camara

- b. Inns mar a tha an obair-camara a' cur ris a' choinneachadh seo.

Tha fòcas a' chamara a' dol bho neach gun neach. Tha an camara a' coimhead gu dlùth air aghaidhean gach neach – gus am faic sinn na faireachdainnean aca.

Tha an t-sìde mhosach, ghruamach, dhorcha a' cur ris an t-sealladh seo – tha i mar mheatafor air a' chàirdeas eadar Màiri agus Tormod.

Sealladh 15: 12:38 - 14:14

Caractaran/Taghadh-facail

- a. Dè tha sinn a' faighinn a-mach mu na ceanglaichean a bha eadar Màiri agus a màthair is a h-athair?

Ò nach e do mhàthair a bhiodh moiteil nam faiceadh i mar a fhuair thu air adhart. Tha Peigi a' toirt beachd dhuinn air cò ris a bhiodh Anna coltach mar mhàthair nam biodh i fhathast beò. *Chan ann le cuideachadh sam bith bhuaithe-san.* Tha Màiri ag ràdh seo gun adhbhar – a' sealltainn cho searbh 's a tha i a thaobh a h-athar.

- b. Dè na dòighean sa bheil beachdan Màiri agus Peigi eadar-dhealaichte a thaobh Thormoid (athair Màiri)?

Tha Màiri den bheachd nach do rinn Tormod càil dhi agus gur e a thoil fhèin a bha seo. (*Chan ann le cuideachadh sam bith bhuaithe-san.*)

Tha Peigi ag aithneachadh nach robh a' chùis cho sìmplidh agus nach b' urrainn do Thormod dèiligeadh ri mar a thachair: *Ciamar a bha Tormod gu bhith comasach?* Tha Màiri a' crathadh a cinn às dèidh dha a seanmhair seo a ràdh.

Caractaran/Beachdachadh/Taghadh-facail

- c. Dè tha a' tachairt anns a' chàirdeas eadar Peigi agus Màiri nuair a tha iad a' bruidhinn mu fhalt Màiri?

Tha an còmhradh eadar an dithis a' dol bho bhith trom (a' bruidhinn mu mhàthair agus athair Màiri) gu bhith aotrom. Tha an còmhradh a' blàthachadh agus tha gàireachdainn ann. Tha na seann sgeulachdan agus na cuimhneachain mhatha gan toirt nas fhaig' air a chèile.

'S e an taigh sa a bha ag ionndrainn do chuideachadh. Tha e soilleir gu bheil Màiri a' cur luach air na thuirt Peigi – tha i a' fàs nas buige. Chan eil i idir cho cruaidh 's a bha i roimhe ged a tha i fhathast an dùil falbh às dèidh an tiodhlacaidh. Aig deireadh an t-seallaidh, chì sinn ann an aghaidh Màiri gu bheil na thuirt Peigi air buaidh mhòr a thoirt air Màiri.

Sealladh 17: 14:33 - 15:35

Camara/Ceòl

- a. Dè an obair chudromach a tha an camara a' dèanamh anns an t-sealladh seo?

Tha a' ghrian ag èirigh – 's e latha ùr a th' ann. Tha fios againn gu bheil an sealladh gu bhith san eilean (às dèidh Sealladh 16 sa bhaile mhòr) agus tha coltas eireachdail air an àite. Tha an ceòl brèagha mar shamhla air na seallaidhean.

Tha an camara a' coimhead air clach-cinn anns a' chladh agus chithear an uair sin gu bheil Màiri a' coimhead oirre – uaigh a màthar. Chì sinn gu bheil an t-seirbheis tiodhlacaidh gu bhith ann. Tha an ceòl a' fàs nas brònaiche. Chithear Tormod mu choinneamh Màiri is e a' coimhead oirre. Tha fòcas a' chamara a' dol gu Tormod nuair a tha Màiri a' tionndadh. Tha e coltach gu bheil bheil Màiri a' dol a bhruidhinn ris (agus gu bheil esan an dùil gu bheil) ach tha i a' tionndadh bhuaithe dìreach mus ruig e agus a' dol a-steach dhan eaglais.

Scriobt

- b. Dè am fiosrachadh a bharrachd a tha an scriobt a' toirt dhuinn a thaobh nuair a tha Donneil agus Màiri a' coinneachadh aig an doras?

Tha an scriobt a' toirt fiosrachadh cinnteach dhuinn às nach b' urrainn dhuinn a bhith cinnteach bho bhith a' coimhead an dràma: gu bheil Donneil 37, eireachdail, coltas airgid. Chithear san scriobt (nas fheàrr na anns an dràma) nach robh dùil aige ri Màiri 's gu bheil a shùilean a' lasadh nuair a chì e i.

Camara/Caractaran/Taghadh-facail

- c. Dè tha an sealladh seo ag innse dhuinn mun chàirdeas eadar an triùir (Màiri, an dotair agus am fear aig an doras)?

Tha na thuirt Màiri mun fhear aig an doras (Donneil) agus an dotair air a shon-san 's air do shon-sa a' nochdadh dhuinn gun robh Màiri gu math faisg air an dithis aca. Tha e soilleir gur e mac an dotair a th' ann an Donneil.

Tha blàths eadar Donneil agus Màiri – tha seo soilleir nan aghaidhean nuair a tha iad a' bruidhinn ri chèile. Tha faireachdainn ann an guth Donneil nuair a chanas e *Thàinig thu*. Bha e an dòchas gu mòr gun tigeadh i.

Tha Màiri a' stad aig a' chiste agus a' cur a làimh oirre. Tha e follaiseach gun robh i gu math measail air an dotair. An robh an dotair mar athair dhi?

Sealladh 18:15:35 - 16:07

Camara/Caractaran/Taghadh-facail

- a. Dè na dòighean anns am faic sinn nach eil a h-uile duine rèidh ri chèile?

Tha strì eadar Donna agus Fionnlagh. Tha i a' cur aodach ceart – chithear nach eil e math gu leòr dhi agus tha seo a' cur sìos air gu poblach.

Tha strì eadar Mòrag agus Màiri. Chithear gu bheil Mòrag a' dèanamh dìmeas air Màiri cho luath 's a thig i a-steach (mar a tha i a' coimhead oirre) agus cuideachd nuair a tha i ag ràdh: *Briogais! Dòighean a' bhaile mhòir!*

Tha strì eadar Donna is Mòrag agus an Dotair is a bhean (a tha a-nis na banntarach): *Nach i a tha a' coimhead sean? / 'S ann oirre fhèin a bha an t-uallach ... esan le shròin ann an leabhraichean / Cha tuig sinne dè am feum a rinn e dha*. Tha an dithis seo a' bruidhinn gu mì-chàilear mun dotair air latha a thiodhlacaidh – rud a shaoilear gu math mì-iomchaidh.

Scriobt/FilmG

- b. Dè tha an sealladh seo a' sealltainn dhuinn a thaobh nan diofar obraichean a th' aig sgrìobhadair agus stiùiriche?

Chì sinn gu bheil loidhne san scriobt nach eil anns an dràma: *Nach math nach robh agad fhèin ri strì riutha* (Peigi). Tha seo a' nochdadh dhuinn gur ann air an stiùiriche a tha an t-uallach airson na bhios anns an dràma fhèin – gum bi uaireannan diofar eadar an scriobt agus an dràma fhèin.

Sealladh 19:16:07 - 16:44

Cuspair

- a. Dè na bannan air an robh Coinneach a' bruidhinn san ùrnaigh?

Tha e a-mach air ceanglaichean sa choimhearsnachd agus san teaghlach (*màthraichean 's athraichean, mic is nigheanan*). Tha e a' bruidhinn mu na ceanglaichean eadar an fheadhainn a tha fhathast beò agus an fheadhainn a tha air bàsachadh: *an fheadhainn a tha seo an-diugh na Do chuideachd agus an fheadhainn a th' air a dhol romhainn*.

Tha e cuideachd a' beachdachadh air ceanglaichean briste agus cho cudromach 's a tha e gun dèanar gach oidhirp iad seo a chàradh fhad 's a tha cothrom ann: *Mar leud na bois tha ar latha, agus mura gabh sinn cùram, cha ghreimich sinn air gin dhiubh gus am bi an ùine air a dhol seachad; agus na cothroman air a dhol à bith*.

Teachdaireachd

- b. Dè an teachdaireachd a th' anns a' phàirt seo den dràma?

'S e an teachdaireachd gu bheil ar beatha goirid: *Mar leud na bois tha ar latha* agus gum feumar gach oidhirp a dhèanamh gus ar càirdeasan a chumail làidir agus bannan a tha briste a shlànachadh mus bi *na cothroman air a dhol à bith*.

Camara

- c. Beachdaich air obair a' chamara anns an t-sealladh seo.

Tha an camara a' gluasad timcheall air an eaglais fhad 's a tha e a' bruidhinn mu na bannan sa choimhearsnachd.

Chì sinn Donna aig nach eil spèis dhan t-suidheachadh – a sùilean fosgailte, a' coimhead mun cuairt is fiamh a' ghàire oirre.

Tha an camara a' dèanamh ceangal eadar Tormod agus Màiri fhad 's a tha Coinneach

a' bruidhinn mu bhannan a tha briste gus nochdadh dhuinn gu bheil na faclan seo gu h-àraid cudromach agus iomchaidh dhaibh.

Sealladh 21: 16:56 - 18:08

Caractaran

- a. (i) Ciamar a tha e soilleir dhuinn gun robh Màiri agus Donneil uaireigin faisg?

Tha iad a' bruidhinn ri chèile mar sheann eòlach – tha iad cofhurtail le chèile.

Feumaidh gun robh iad gu math eòlach air a chèile – tha iad a' bruidhinn air mar a tha an neach eile air atharrachadh: *Thug thu fhèin dhiot an fheusag.*

Tha Donna a' gabhail brath air an t-suidheachadh seo: *Cha tug Donneil fada ga do lorg.* Tha e soilleir gu bheil eachdraidh air choreigin eadar an dithis aca.

(ii) Ciamar a tha e follaiseach dhuinn gu bheil ùine mhòr ann on a chunnaic iad a chèile?

Bha fios aig Màiri gun robh Donneil ann an Ameireaga, ach cha robh fhios aice carson a thill e dhachaigh.

Cha robh fios aig Donneil gun robh tè *bheag* aig Màiri no dè an obair a bh' aice.

Scriobt/FilmG

- b. Leugh a' chiad earrann den scriobt. Dè nach do chuir an stiùiriche dhan phrògram? Saoil carson nach deach seo a chur dhan phrògram?

[*Tha PEIGI a' coiseachd mu na bùird, a' sealltainn ANNA dha daoine.*]

Cha ghabh a h-uile rud a bha ann an amharc an sgrìobhadair a chur dhan phrògram – feumar am prògram a chumail aig faid shònraichte agus feumar co-dhùnidhean a dhèanamh a thaobh dè nach tèid a chur a-steach dhan phrògram – rudan nach eil cho cudromach.

Camara/Structar/Plot/Beachdachadh

- c. Tha dà shuidheachadh fhada anns a' phìos seo anns nach eil ach beagan còmhraidh. Saoil carson a chuir an stiùiriche an dà shealladh anns an dràma seo?

Tha coimeas air a dhèanamh eadar suidheachadh Alasdair agus suidheachadh Màiri a tha cho diofraichte. Tha seo a' sealltainn dhuinn mar a tha Màiri agus Alasdair (a tha mar as trice còmhla) cho eadar-dhealaichte aig an àm seo. Chithear cuideachd mar a tha atharrachadh air tighinn air Màiri – tha Màiri, mar a bha i air an eilean uaireigin, beothail a-rithist agus dòigheil. Chithear nach eil Alasdair air a dhòigh leis an t-suidheachadh.

Seallaidhean 24 - 27: 18:09 - 20:35

- a. Beachdaich air mar a tha an t-òran agus an ceòl air an cur gu feum gus suidheachadh agus faireachdainnean Mhàiri a chur fa chomhair an neach-coimhid. Cleachd fianais às an òran nad fhreagairt.

Tha an t-òran a' cleachdadh ìomhaigheachd gus suidheachadh agus faireachdainnean Màiri a chur far comhair. Tha *fasgadh bhon a' stoirm* air a bhith aice fad *ochd bliadhna* – fhuair i furtachd bho bheatha dhoirbh air an eilean le bhith a' teicheadh. Tha i a-nise air tilleadh agus tha i ag aithneachadh gu bheil *an stoirm* fhèin a' dol a thilleadh dha beatha – tha i a' *feitheamh ris*. Tha Màiri cuideachd a' smaoinichadh air *na freumhan ris an do chuir mi cùl* agus tha tuigse a' tighinn thuice: cho cudromach 's a tha *Na dàimhean* (teaghlach agus àite) dhi. Tha cuideam air a chur air seo le mar a tha ath-aithris ann agus mar a chluinneas sinn na faclan gu h-àrd aig deireadh an òrain.

Tha an ceòl air leth freagarrach airson an t-suidheachadh: tha e luath, beothail agus rudeigin cunnartach – mar a tha an suidheachadh anns a bheil Màiri (agus Iain). Tha iad fhèin a' siubhal aig astar, an spòrs a' còrdadh riutha, ach ann an suidheachadh a tha ag adhbharachadh cunnart dhaibh.

Sealladh 28: 20:35 - 21:30

Caractaran/Camara/Taghadh-facail

- a. Seall mar a tha camara agus taghadh-facail a' sealltainn mar a tha beachd Màiri air an eilean ag atharrachadh.

Tha seallaidhean brèagha a-mach gu cuan agus tha e soilleir gu bheil Màiri a-nis a' cur luach air an àite nuair a tha i a' faighneachd do dh'Iain: *Am biodh tu ag ionndrainn seo?* Chan eil i a' freagairt ceist Iain (*A bheil thu fhèin ga ionndrainn?*) ach tha e intinneach nach eil i a' freagairt – tha seo a' nochdadh dhuinn gu bheil an t-àite a' fàs sònraichte dhi. Tha Màiri air atharrachadh gu mòr on a thachair Iain rithe nuair a ràinig i an t-eilean bho chionn latha no dhà.

Sealladh 29:21:31 - 23:14

Caractaran/Camara/Taghadh-facail/Beachdachadh

- a. (i) Dè na dòighean sa bheil an droch chàirdeas eadar Màiri agus a h-athair air a shealltainn dhuinn anns an t-sealladh seo?

Chì sinn gu bheil Màiri a' coimhead air falbh bho a h-athair cho luath 's a ruigeas e. Chan eil ceangal sam bith eatarra – tha i a' cumail pìos air falbh bhuaithe. Chan eil Màiri a' coimhead air, ach a-mhàin nuair nach fhaic a h-athair sin.

Tha Màiri a' crathadh a cinn nuair a dh'fheuchas Tormod ri còmhradh/fealla-dhà a dhèanamh rithe: *Chan e brògan cuad a th' ort.*

Tha Màiri ga ghabhail dona nuair a chanas Tormod: *Bu chòir dùil a bhith agad ris a h-uile rud ri Iain.* Tha ìoranas shearbh anns na chanas i: *Comhairle aige ga thoirt seachad* – fear nach tug seachad comhairle riamh dhi. Tha aghaidh Màiri dùinte, glaiste, cruaidh nuair a dh'èisteach i ri a h-athair. Tha a faclan cuideachd searbh agus millteach nuair a dhiùltas i an cuireadh: *Còmhla riutsa? B' fheàrr leam tilleadh casruisgte!*

Nuair a tha Tormod a' falbh, tha Màiri a' gabhail brath air an t-suidheachadh airson a h-athair a ghoirteachadh le faclan cruaidh, geur: *Cha robh mi a-riamh a' faicinn ach cùl do chinn. Thus' – a' coiseachd air falbh. Dè an seòrsa athar a bha sin do nighean? Cha robh 's cha bhi gu bràth!*

Tha e soilleir nach eil Tormod airson an suidheachadh a dhèanamh nas miosa – tha e ciùin agus sàmhach a dh'aindeoin cho garbh 's a tha Màiri. Ach chì sinn nuair a ruigeas e broinn a charbaid gu bheil e briste na spiorad.

- (ii) Cò ris a tha truas agad: Màiri no a h-athair? Inns carson. 'S e ceist fhosgailte a tha seo. 'S e as cudromaiche gun inns sgoilearan carson a tha iad den bheachd a th' aca.

Sealladh 29A 23:14 - 23:48

Caractaran/Camara/Beachdachadh

- a. (i) Cò na sùilean tro bheil sinn a' faicinn mar a thachair nuair a rugadh Màiri? Ciamar a tha fios agad?

'S ann tro shùilean Thormoid a chì sinn mar a thachair. Tha Anna (màthair Màiri) a' coimhead ris an duine aice (an camara) agus a' bruidhinn ris. Tha an dotair cuideachd a' coimhead ris. Tha deireadh an t-seallaidh seo (29A) a' cur ris a seo – tha e soilleir gur e Tormod a bha a' faicinn (a-rithist) mar a thachair. Tha e follaiseach gun do dh'fhàg na thachair làrach mhòr, phiantail na chridhe.

- (ii) Ciamar a tha fios againn nach robh an caractar seo gu feum sam bith san t-suidheachadh sin? Cha do rinn e fiù 's bruidhinn no gluasad.

- (iii) Ciamar a tha fios againn gun robh rudeigin fada ceàrr air Màiri nuair a rugadh i?

Tha a craiceann ... Chan eil a fiamh ro ... Tha an t-eagal air Anna agus tha i a' coimhead airson cofhurtachd bhon dotair agus bho Thromod. Tha e soilleir gu bheil an dotair fhèin draghail.

Seallaidhean 30 - 32: 23:55 - 25:41

Caractaran/Plot/Beachdachadh/Scriobt

- a. (i) Nad bheachd-sa, dè thachair do Pheigi agus carson?

Bha Màiri gus falbh agus bha Peigi briste na cridhe: *Nach fhuirich thu a Mhàiri ... Faic mi tilleadh thu?* Thàinig e a-steach air Peigi gur e innleachd a bha seo a chuireadh stad oirre. (Tha an scriobt a' toirt sealladh a bharrachd dhuinn air a' phrògram: *Tha PEIGI na h-aonar a' coimhead an dorais air a cùl. Ach tha lasadh a' tighinn dha na sùilean aice agus rudeigin air bualadh oirre.*)

Leag Peigi a' chathair bho mhullach na staidhre – rud a rinn fuaim (ged a bhiodh sinn an dùil ri barrachd fuaim nan robh i fhèin air tuiteam). Feumaidh gun do choisich i sìos an staidhre an uair sin agus gun do laigh i aig bonn na staidhre mus tàinig càch a-steach.

Bhiodh Peigi, cailleach aosta, ann an staid fada na bu mhiosa nan robh i dha-rìribh air tuiteam.

- (ii) Saoil dè cho dona 's a ghoirtich Peigi i fhèin?

Cha do thuit i idir agus, mar sin, cha deach a goirteachadh. Chithear gu bheil Donna amharasach a thaobh mar a thachair: tha an scriobt ag innse dhuinn: *Chan eil DONNA toilichte gu bheil a' cur a dh'iarraidh ambulance 's gun i cinnteach dè idir a thachair an seo.*

Seallaidhean 34 - 36: 25:41 - 28:52

Caractaran/Beachdachadh/Taghadh-facail

- a. Dè na dòighean anns an robh Peigi carach (gus am faigheadh i an rud a bha i fhèin ag iarraidh)?

Tha fios aig Peigi (agus tha e soilleir cuideachd) nach eil Donna deònach coimhead às a dèidh. Tha Peigi ag ràdh ri Màiri: *Bidh mise math gu leòr* ged a tha soilleir do Mhàiri nach bi: *Facail an dotair*. Tha i carach – 's ann a tha i airson ciont a chur air Màiri.

Tha Iain deònach Peigi a chuideachadh ach tha i a' dèanamh cinnteach nach tachair sin: *Cha bhi mòran a dhìth ormsa ach cuideachadh dhan an taigh bheag. Agus mo ghlanadh às a dhèidh*. Tha Màiri a' faicinn nach obraich seo.

Tha Donna a' cur cuideam air Peigi a dhol a dhachaigh nan seann daoine: *Feumaidh i a dhol dhan a' Home. A Pheigi - tuigidh sibh fhèin sin*. Tha Peigi a' gabhail ris a' chomhairle seo ged a tha i gu dubh na h-aghaidh (mar a chù sinn ann an sealladh 36): *Tha thu ceart Donna*. A-rithist, tha Peigi airson toirt air Màiri fuireach le bhith a' cruthachadh suidheachadh breugach agus le bhith a' toirt air Màiri faireachdainn ciontach.

'S e na faclan *Fhalbh thusa a Mhàiri - chan eagal dhòmhsa* an fheadhainn a tha a' toirt na buaidh as motha air Màiri (ged nach eil iad a' toirt air Màiri a h-inntinn atharrachadh gus an dèidh dhi an taigh fhàgail).

- b. 'Cha leigeadh Anna leam falbh'.

Seall mar a dh'fhaodadh seo a bhith air a thuigsinn ann an dà dhòigh.

An toiseach, saoilidh sinn gu bheil Màiri a-mach air mar a tha ceangal air fàs eadar a nighean agus a seanmhair agus gu bheil i den bheachd nach biodh e ceart seo a bhriseadh.

Ach, feumar cuimhneachadh gur e Anna a bha air a màthair cuideachd (nighean Peigi, tha sinn an dùil). 'S e dleastanas Màiri a th' ann cùram a ghabhail airson Peigi leis nach urrainn dha Anna (a màthair) seo a dhèanamh.

Sealladh 37:28:52 - 29:41

Caractaran/Beachdachadh

- a. Nad bheachd-sa, carson a tha an sealladh seo anns an dràma?

Ged nach fhaca sinn Màiri a' cur fios gu Alasdair, tha e soilleir gu bheil i air seo a dhèanamh.

Tha an sealladh seo ann airson sealltainn nach eil Alasdair a' gabhail brath air an t-suidheachadh. Tha gu leòr spòrs air a bhith aige – *cha ghabh mis' an còrr*. Chù sinn gur e a theaghlach as cudromaiche dha – tha e airson dèideag Anna a chàradh. Tha e ag ionndrainn Màiri is Anna gu mòr – dh'fhaodadh cuideachd nach eil e air a dhòigh nach eil iad a' dol a thilleadh airson seachdain.

Sealladh 38:29:41 - 30:03

Caractaran/Beachdachadh/Camara

- a. Chunnaic sinn mu thràth gu bheil Peigi carach (gus am faigheadh i an rud a bha i fhèin ag iarraidh). Ciamar a chù sinn seo a-rithist anns an t-sealladh seo?

Chù sinn nach eil càil idir ceàrr air Peigi. Tha i comasach seasamh, coiseachd agus gluasad gu sgiobalta. Tha Pèigi, mas fhìor, na cadal nuair a ruigeas Màiri. Tha e soilleir gu bheil Màiri den bheachd gun do rinn i an rud ceart – tha Peigi air a car a thoirt aiste. Tha e cuideachd follaiseach gu bheil e na adhbhar toileachais do Mhàiri gu bheil ceangal a' fàs eadar a seanmhair agus a nighean fhèin – an rud a bha Peigi ag iarraidh.

Sealladh 38A: 30:03 - 30:17

Camara/Caractaran/Beachdachadh

- a. Saoil dè tha an sealladh beag seo a' samhlachadh?

Tha Tormod ag iarraidh a bhith faisg air Màiri. Tha e airson gum bi rèite eadar an dithis aca. Ach tha beàrn mòr fhathast eatarra. Tha iad san aon taigh ach chan eil ceangal sam bith eadar an dithis.

Seallaidhean 38B - 38C: 30:25 - 31:28

Structar/Beachdachadh/Ceòl

- a. Beachdaich air na tha an ais-shealladh seo ag innse dhuinn mu Thormod.

Tha sinn a' faicinn mar a tha na thachair an oidhche sin air buaidh cho mòr a thoirt air – cha d' fhuair e riamh seachad air. Tha sinn cuideachd a' faicinn gun robh gaol mòr aige air a bhean (Anna) agus gu bheil an nighean aige (Màiri) cho cudromach dha. Tha an ceòl a' cur ris na chì sinn, is e brònach agus mì-chofhurtail.

Sealladh 39 Aig an deireadh: Cuspair/Caractaran/Beachdachadh

- a. *Bannan – Ceanglaichean*

Tha thu air a' chiad phrògram san t-sreath fhaicinn. Inns, nad bheachd-sa, dè cho freagarrach 's a tha an tiotal mar ainm agus carson.

'S e tiotal air leth freagarrach a th' ann. 'S ann mu dheidhinn iomadh bann a tha a' chiad phrògram:

- màthair (nach maireann) agus nighean
- athair a thrèig a nighean agus an nighean a tha a-nis a' diùltadh a h-athar
- Màiri is Alasdair
- Màiri is a nighean (Anna)
- seann charaidean (leithid Donneil agus an dotair) agus Màiri
- seanmhair (a thog Màiri) agus ogha
- co-oghaichean (Iain agus Màiri)
- duine is bean (Fionnlagh agus Donna)
- mac (Iain) agus pàrantan (Fionnlagh agus Donna)
- Màiri agus eilean a h-àraich

Caractaran/Beachdachadh

- b. Cò, nad bheachd-sa, na prìomh caractaran anns a' phrògram seo? Dèan liosta (ann an òrdugh) de na prìomh shia agus bi deiseil gus innse carson a thagh thu an fheadhainn seo.

'S e ceist fhosgailte a tha seo. 'S e an rud as cudromaiche gun inns sgoilearan carson a tha iad den bheachd a th' aca.

- c. Nad bheachd-sa cò na cleasaichean as motha

(i) a tha soirbheachail ann a bhith a' cluich caractar a tha inntinneach agus creidsinneach?

'S e ceist fhosgailte a tha seo. 'S e an rud as cudromaiche gun inns sgoilearan carson a tha iad den bheachd a th' aca.

(ii) ris a bheil thu a' dèanamh ceangal? Inns carson.

'S e ceist fhosgailte a tha seo. 'S e an rud as cudromaiche gun inns sgoilearan carson a tha iad den bheachd a th' aca.

Prògram 2:

Coimheadaidh na sgoilearan an toiseach air an dàrna prògram air fad (mu leth-uair a thìde). Bheir sin cothrom dhaibh am plot a thuigsinn agus eòlas a chur air na caractaran agus air an t-suidheachadh.

Tha còir gun coimhead sgoilearan air na seallaidhean fa leth den phrògram (mar a tha iad air an comharrachadh anns na ceistean) mus tòisich iad air na ceistean a tha stèidhichte orra a fhreagairt. Tha an obair a tha stèidhichte air an dàrna prògram nas fhosgailte na obair a' chiad phrògram, ach thathas an dòchas gum bi a' chiad obair air na sgoilearan ullachadh airson seo.

Bu chòir gun dèan an tidsear soilleir gu bheil a' sireadh tuigse, beachdachadh agus sgrùdadh ann am freagairtean nan sgoilearan (chan e dìreach tuigse) Tha an stiùireadh a thaobh mar a nithear geàrr-chunntas cuideachail ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid na sgoilearan 'nas doimhne' na am plot fhèin. Bhiodh e feumail dha na sgoilearan cuideachd nam fàsadh iad cleachdte ri bhith a' cleachdadh fianais fhreagarrach às a' phrògram gus taic a chur ri am beachdan.

Tha còir gun coimhead na sgoilearan air an eisimpleir a chithear san aonad (1. Aig an taigh). Bheir seo beachd cinnteach dhaibh a thaobh na tha air iarraidh anns a' phìos-obrach seo mus tòisich iad. Dh'fhaodadh an tidsear iarraidh air sgoilearan pinn dhathte a chleachdadh gus sealltainn gun deach na còig rudan a chaidh iarraidh (anns a' bhogsa) a dhèanamh. Dh'fhaodadh na sgoilearan am bogsa seo a chleachdadh gus dèanamh cinnteach gun tog iad air na còig rudan seo anns na freagairtean aca fhèin airson nam pìosan eile den phrògram.

Thathas a' moladh gun sgrìobh gach sgoilear geàrr-chunntas airson gach pìos den phrògram (ged a dh'fhaodadh cuid dhiubh a bhith air am fàgail a-mach). 'S e obair gu math 'fosgailte' a tha seo – chan eil freagairtean cearta/cearra ann. Bhiodh e mar sin feumail dhan chlas/buidhnean anns a' chlas èisteachd ri geàrran-chunntasan eile gus an ionnsaich na sgoilearan bho chèile.

Airson 7. Aig a' Chladh/Air an Tràigh*: bhiodh e iomchaidh cuimhneachadh dha na sgoilearan gu bheil briathran an òrain a chluinneas iad anns a' phìos seo rim faicinn anns an aonad – aig toiseach obair a' phrògram seo.

Tha eisimpleirean de shàr fhreagairtean anns a' phasgan seo. Bhiodh iad seo feumail do thidsear nach eil cho eòlach air *Bannan* no do sgoilearan a tha ag obair air an ceann fhèin.

2. Aig a' phort-adhair (Sealladh 3)

Tha am plèana air a bheil Alasdair a' laighe aig port-adhair an eilein. Cluinnidh sinn ceòl toilichte a tha a' riochdachadh an eilein bhrèagha.

Tha Alasdair air a dhòigh glan Màiri (agus Anna) fhaicinn. Tha e toilichte a bhith air an eilean: *Cha robh dùil a'm a-chaidh gum faicinn an t-àite a tha seo.*

Tha Donneil a' nochdadh agus a' fanaid gu ìre air mar a tha Alasdair a' nochdadh a ghaoil air Màiri: *gur milis Màiri.* Tha e a' magadh air Alasdair le bhith a' faighneachd: *Giotàr? Cà'il an còrr den chòmhlàn?* Tha Donneil a' coimhead air Màiri agus a' cur a làimh air a gairdean mus falbh e. Tha e soilleir gu bheil Alasdair mì-chofhurtail: *Chan eil e a' tilleadh a dh'Ameireaga?* Tha cleasachd Alasdair a' dèanamh soilleir na tha san scriobt: *Chan eil DONNEIL air còrdadh ri ALASDAIR idir, idir.*

3. Anns a' chàr (Sealladh 4)

Tha sinn a' faicinn cho brèagha 's a tha an t-eilean (dìreach mar a chunnaic sinn sa chiad phrògram nuair a thill Màiri an toiseach) fhad 's a tha Màiri agus Alasdair a' dràibheadh gu taigh Peigi. Tha ceòl is seinn dòigheil a' cur ris na seallaidhean àlainn.

Tha an scriobt (*Tha an t-àite ùr agus bòidheach dha Alasdair*) agus am pìos seo den phrògram a' nochdadh dhuinn gu bheil Alasdair a' cur luach air an àite sa bhad: *A Shiorraidh. Seall cho brèagha 's a tha am muir. Agus glan!* Tha aghaidh toilichte.

Chan ionann e fhèin is Màiri ge-tà. Tha i a' cur ris na thuirt Alasdair: *Agus fuar.* Tha a h-aghaidh cruaidh agus tha i ag atharrachadh a' chuspair gus sealltainn gur ann sa bhaile mhòr a tha an dachaigh fhathast: *An cuala Màrtainn mun tagradh...?*

4. Alasdair a' coinneachadh ri Peigi (Sealladh 5)

'S e coinneachadh air leth cudromach a tha seo. Tha Peigi, seanmhair Màiri, a' coinneachadh ri Alasdair airson a' chiad turais agus tha e soilleir gu bheil i a' tomhas dè cho freagarrach 's a tha Alasdair do Mhàiri (a tha mar nighean dhi): *Siuthad suidh ann a siud far am faic mi thu.*

Dh'fhaodadh gun robh an stiùiriche airson an suidheachadh seo a dhèanamh na bu mì-chofhurtaile anns a' phrògram na bha e anns an scriobt fhèin. Tha an scriobt ag innse dhuinn gu bheil *esan (Alasdair) a' còrdadh rithe (Peigi)* cho luath 's a thig e a-steach. Anns a' phrògram ge-tà, chì sinn nach eil Peigi ach a' breith air làimh air Alasdair – chan eil i a' toirt pòg dha. Tha seo a' nochdadh dhuinn nach eil i airson fàilte ro bhlàth a chur air fhathast agus gum feum e e fhèin a dhearbhadh dhi. Rinn an stiùiriche cuideachd co-dhùnadh gun na faclan *Thig a-steach Alasdair* a chur dhan phrògram.

Ged nach eil Peigi ach a' tarraing às mun ghiotàr, chì sinn nach eil Alasdair cofhurtaill agus gu bheil e doirbh dha conaltradh ciallach a dhèanamh: *An dèan sibh fhèin seinn?* Chì sinn cuideachd gur e Màiri a tha a' dèanamh na tì agus nach eil biadh ann dha ach na sgoaichean aig Mòrag – chan eil Peigi air oidhirp sam bith a dhèanamh mu choinneamh Alasdair. 'S ann aig Peigi a tha smachd air an t-suidheachadh mar a chì sinn anns na chanas i: *Thig ... siuthad ... suidh'*. Chan eil Alasdair ach ag èisteachd. Tha Alasdair a' dèanamh gàire mì-chofhurtaill nuair a tha Peigi ag innse dha mu a sinnsearan: *Dh'itheadh am fear bu mhotha dhiubh am fear bu lugha*. Tha seo mar rabhadh dha gur ann aicese a tha an t-ùghdarras anns an dachaigh seo (agus a thaobh Màiri cuideachd). Feumaidh Alasdair gabhail ri seo no bidh trioblaid ann dha.

5. Riaghailtean Peigi (Sealladh 6)

Tha e soilleir bho aghaidh agus bho ghuth Alasdair gu bheil e air fàs gu math dèidheil air Peigi às dèidh dha ùine mhòr a chur seachad ag èisteachd rithe is i làn sgeulachdan. Tha e a-nise cofhurtaill agus dòigheil san t-suidheachadh ùr. Tha Màiri i fhèin ag aithneachadh gur ann aig Peigi fhèin a tha smachd a thaobh dè thachras anns an dachaigh aice is tha i deònach gabhail ri sin (ged nach aontaicheadh i rithe): *Riaghailtean Peigi!* Feumaidh Alasdair cadal ann an rùm leis fhèin. Chì sinn gu bheil e air a thàmailteachadh.

6. Aig taigh Donna is Fhionnlaigh (Sealladh 7-9)

Tha na seallaidhean brèagha a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil e a' còrdadh ri Màiri agus ri Alasdair a bhith còmhla air an eilean. Tha Donna a' toirt fiathachadh do Mhàiri agus do dh'Alasdair an uair a chì i iad tron uinneig ach tha e soilleir nach eil cudromach dhi ach an taigh a shealltainn dhaibh (*Uill, tha, actually*) – chan eil i fiù 's a' bruidhinn ri Alasdair aig toiseach gnothaich (ged nach do choinnich iad ri chèile riann roimhe seo). Eadhon nuair a bhruidhneas i ris, chan eil i a' toirt cothrom dha freagairt: *Cò às a tha thu?* Chan eil an leanabh cudromach dhi nas motha – chan eil i ag ràdh càil mu Anna agus an iarr i air Alasdair agus Màiri falbh. Tha sinn a' faicinn gur ann aig Donna a tha làmh-an-uachdair anns an taigh aice. Tha strì eadar Donna agus Fhionnlaigh. Tha Donna a' toirt seachad òrdain a tha cruaidh (*Cuir thus' ... thalla! ... Dùin do bheul*). Tha coltas an airgid air taigh Donna agus Fhionnlaigh – tha e mòr, glan, spaideil agus ùr. Tha fios againn mu thràth ge-tà gu bheil beairteas Donna (agus Fhionnlaigh) na bhreug – tha iad airson gun reic Peigi an taigh aice airson na fiachan aca a phàigheadh. Chì sinn seo a-rithist nuair a nochdas dithis fhìreannach agus a chuireas i Alasdair, Màiri agus Anna a-mach às an taigh. Tha Donna deònach cuideachd falach air cùlaibh nam breugan – tha i a' toirt seachad seic dhan dithis ged a tha làn fhios aice nach eil *sgillinn ruadh sa bhanca*. Chì sinn gu

bheil seo agus suidheachadh an airgid na adhbhar sgaraidh eadar Fhionnlaigh agus Donna: *Bha dùil a'm gun do phàigh iad! / Dùin do bheul... Bheil thu às do chiall!* Tha guth Fhionnlaigh làn nàimhdeis dha bhean.

7. Aig a' Chladh (Sealladh 10-13)

Tha Alasdair agus Màiri a' dol dhan chladh far a bheil màthair Màiri air a tiodhlacadh. Seo a' chiad turas a chuir Màiri ùine seachad aig uaigh a màthar. Tha an ceòl rudeigin tùrsach 's Màiri a' smaoineachadh air a màthair nach b' aithne dhi. Tha sinn a' faighinn a-mach (bhon chlach-chinn) gun do bhàsaich Anna nuair a bha i fichead bliadhna 's a h-aon (Mar sin, tha Màiri a-nis fichead bliadhna 's a seachd (chunnaic sinn aig àm an tiodhlacaidh gur e 2014 a th' ann)). Tha cinnt againn a-nis gun b' e Anna nighean Peigi. Tha dealbh na cloiche cudromach oir tha Màiri a' faicinn a h-ainm fhèin ri taobh ainm Peigi agus ainm Thormoid. Chì Màiri gu bheil ceangal dha-rìribh eadar i fhèin agus Tormod. Nochdaidh na faclan *Beloved wife of Tormod* do Mhàiri cho prìseil 's a bha Tormod dha a màthair. Tha e inntinneach gu bheil Alasdair (agus Anna) a' fuireach pìos air falbh (agus gun do dh'fhalbh e nuair a bhruidhinn e air a' fòn) – tha Alasdair ag aithneachadh gur e àm gu math cudromach a tha seo do Mhàiri ann a bhith a' tuigsinn cò i. Tha sinn cuideachd a' faicinn gu bheil a theaghlach nas cudromaiche dha na obair – tha e a' cur dheth a' fòn agus a' bruidhinn ri Màiri mun t-suidheachadh. Tha sinn a' faicinn gu bheil beachd Màiri air an eilean air atharrachadh gu mòr (seach mar a bha e an uair a ràinig Alasdair an latha roimhe): *Chan eil againn ach an-diugh ... feumaidh sinn an rud as fheàrr a dhèanamh dheth*. Tha Màiri agus Alasdair sona còmhla ri chèile air an eilean. Tha e inntinneach (mar a tha an scriobt ag innse dhuinn) gu bheil *iad a' baisteadh na tè bige leis an t-sàl*. A bheil seo a' samhlachadh gu bheil iad ag aithneachadh gum buin Anna don àite seo cuideachd (a bharrachd air Màiri)? Tha ceòl agus òran air an cleachdadh airson cur ris an t-sealladh. Tha an ceòl dòigheil agus aotrom – tha e a' freagairt air an t-suidheachadh anns a bheil Màiri agus Alasdair. Tha briathran an òrain a' togail air an t-suidheachadh aca cuideachd: *gu socair coiseachd fad mhiltean air an tràigh ... Ùine airson seasamh, son coimhead mun cuairt*. Ach tha an t-òran a' dol nas fhaide – tha e ag innse mar a tha na faireachdainnean agus na beachdan aca a thaobh an eilein ag atharrachadh: *Tha ùine ann an taisteal (turas) a thoirt gu crìch ... ar slighe gu ar dachaigh shàbhailt' chiùin*. Tha an t-òran cuideachd ag innse dhuinn gu bheil Màiri nas deiseile gus gluasad air adhart na beatha: *Gun adhbhar a bhith ciontach mu ghnìomh no facal, mu àm a tha air chall*.

8. Na h-oifigearan-poilis a' tadhal air Peigi (Sealladh 14)

Tha sinn a' faicinn an toiseach mar a tha coimhearsnachd làidir, dòigheil anns an eilean – tha daoine a' tadhal air a chèile, a' cur seachad tìde còmhla ri chèile agus ag innse sgeulachdan. Tha an fheadhainn òga (me, le bhith a' togail bhidio) a' cur luach air an t-seann ghinealach. Tha sinn cuideachd a' faicinn gu bheil an seann ghinealach a' feuchainn ris an òigridh a thuigsinn (*na cluinneams' gu bheil Coinneach air Facetube ...*) is ceangal a dhèanamh riutha.

Tha tònna an t-seallaidh seo ag atharrachadh nuair a thig an luchd-poilis a-steach ge-tà.

Tha sinn a' faicinn nach eil e furasta do phoileas òg a thogadh sa choimhearsnachd dèiligeadh ri daoine nas sine a bha eòlach air nuair a bha e a' fàs suas: *Ciamar a tha do mhàthair? / A bheil thusa a' cur teagamh nam bhriathran, a Chailein Dhòmhnail Bhàn?* Chì sinn gu bheil teaghlach fada nas cudromaiche do Pheigi na an fhìrinn. Tha i mothachail gu bheil coltas ciontach air Iain agus tha an scriobt ag innse dhuinn gu bheil *Peigi a' tuigsinn na tha air tachairt*. Tha i ag innse (gu breugach) mar a thachair ach le cinnt na firinn: *Uill cha b' e Iain a bh' ann co-dhiù. Thàinig Iain dhachaigh còmhla ri sheanmhair ... rinn e teatha is dh'fhuirich e fad an fheasgair còmhla rium*. Tha seo a' leantainn air às dèidh dhan luchd-poilis falbh: *Bha e còmhla riumsa fad an fheasgair*. Dhan luchd-coimhid, chithear nach eil na breugan a' dèanamh dragh do chogais Peigi – tha i den làn bheachd gu bheil i air an rud ceart a dhèanamh.

Tha an tònna mì-chofhurtail tron chòmhradh leis gu bheil strì a' dol eadar Peigi agus Cailean agus leis gu bheil fios aig càch gu bheil Peigi ri breugan. Tha an ceòl aig deireadh an t-seallaidh a' cur ri seo.

9. Aig a' chidhe (Sealladh 15)

Tha an ceòl a tha a' leantainn bhon t-sealladh mu dheireadh a' toirt rabhadh dhuinn gu bheil rudeigin ceàrr ged a tha an sealladh seo dòigheil an toiseach (Alasdair a' bruidhinn ri iasgair aig a' chidhe agus Màiri a' coiseachd gu toilichte dhan ionnsaigh). Tha aghaidh Màiri ag atharrachadh gu tur nuair a chì i gur ann ri Tormod a tha Alasdair a' bruidhinn – chì sinn gu bheil an aon choltas nàimhdeil oirre 's a bh' oirre an latha a thachair i ris air a' mhòintich. Tha Màiri (mar a rinn Peigi) a' cruthachadh sgeulachd nach eil fìor: *Alasdair! Tiugainn! Tha an t-acras air Anna!* gus an suidheachadh atharrachadh.

Cha robh fios aig Alasdair gur e Tormod a bh' anns an iasgair agus chithear gu bheil e a' gabhail iongnadh gur e an duine bàigheil seo an Tormod olc mum biodh Màiri a' bruidhinn.

Cha robh fios aig Tormod dè an t-ainm a bh' air an leanabh roimhe seo agus tha a h-ainm (Anna) a' cur iongnadh air – tha e a' nochdadh dha gu bheil teaghlach Màiri dha-rìribh cudromach dhi agus tha e a' faicinn a' cheangail-teaghlach eadar e fhèin is a bhean nach maireann agus an nighean bheag a tha seo.

'S e sealladh air leth cudromach a tha seo ann a bhith a' leasachadh nan diofar chàirdeasan eadar Tormod, Màiri, Alasdair agus Anna.

10. Donneil a' tadhal air an taigh (Sealladh 16)

Tha Alasdair a' cluich ceòl a tha a' sealltainn nach eil e buileach dòigheil mun rud a thachair aig a' chidhe. Tha Màiri air ais aig an t-sinc a' feuchainn ri crìoch a chur air an obair a thòisich i na bu thràithe an latha sin.

Tha Donneil a' tighinn a-steach agus a' faighneachd dhaibh a bheil iad a' tighinn chun a' chèilidh a bhiodh ann an oidhche sin. Tha e soilleir gur ann ri Màiri as motha a tha e a' bruidhinn (tha e na sheasamh làimh rithe agus a' coimhead rithe gu tric).

Tha Peigi a' sealltainn dhuinn gu bheil i air gabhail ri Alasdair: *Sinn nach leig a leas. Tha cèilidh againne far a bheil sinn!* Tha seo a' toirt misneachd do dh'Alasdair mar a chithear nuair a nì e gàire.

Tha Màiri gu deònach a' dèanamh mar a chanas Donneil ris (leigeil leis sealltainn dhi mar a sgoltas i iasg). Tha an gnìomh seo a' samhlachadh mar a tha Donneil eòlach agus comasach air an eilean (an taca ri Alasdair aig nach eil na sgilean seo). Tha aghaidh Màiri a' nochdadh dhuinn gu bheil i a' smaointinn tric mu Dhonneil ach tha e soilleir nach eil Alasdair air a dhòigh. Tha an ceòl a tha Alasdair a' cluich agus an coltas a th' air a' toirt am follais nach eil e cofhurtail nuair a tha Donneil faisg air Màiri.

11. Anns a' chàr taobh a-muigh an talla (Sealladh 19)

Tha argamaid mhòr a' dol sa chàr nuair a ruigeas Fionnlagh, Donna agus Iain an talla. Tha Fionnlagh a' càineadh a bhean: *cosg airgead – sin an creideamh agad*.

Tha an argamaid a' tighinn gu stad nuair a thig Cailean (tha e soilleir gu bheil esan air a bhith gam feitheamh) a-nall thuca. Tha teachdaireachd aige dhaibh: *Gheibh sinn fhathast e – e fhèin 's a sheanmhair*.

Tha an argamaid air a lasadh le naidheachd Chailein: tha Fionnlagh a' toirt ionnsaigh eile air Donna: *Chan eil smachd sam bith agad air a' ghille tha sin*. Tha an seantans seo inntinneach oir tha e a' nochdadh dhuinn gu bheil Fionnlagh ag aithneachadh gur e Donna ceannard an taighe. Tha an taghadh-facaill aig Fionnlagh inntinneach cuideachd – chan eil e a' nochdadh gràdh sam bith dha Iain.

'S e an rud as motha a tha a' dèanamh dragh do Donna gu bheil an argamaid seo a' tachairt ann an suidheachadh poblach (tha uinneag a' chàir fosgailte agus tha daoine a' dol seachad): *Tha daoine coimhead ort!* Tha Donna an uair sin a' toirt ionnsaigh air na laigsean a tha i a' faicinn ann am pearsa Fhionnlagh (a chreideamh): *Fhalbh dhachaigh 's dèan ùrnaigh ma-tha*. 'S e dìoghaltas a tha seo

cuideachd airson na thuirt Fionnlagh roimhe.

Tha an sealladh seo air leth èifeachdach ann a bhith a' toirt an scriobt beò: tha fearg ann an aghaidhean an dithis, tha na briathran cruaidh agus garbh agus tha an droch nàdar a' toirt air Fionnlagh dràibheadh ann an dòigh gu math mì-chùramach agus cunnartach.

12. Tormod aig muir (Sealladh 17-18, 20, 21A, 22A, 23)

Chì sinn gu bheil bàta truagh, meirgeach aig Tormod – tha e follaiseach nach eil mòran airgid aige. Tha an camara a' gluasad gu tric bho Thormod gu Màiri (a tha a' gabhail cuairt gu h-àrd os cionn na mara). Tha e soilleir gu bheil Tormod ag aithneachadh gur e Màiri a th' ann – tha aire air a thoirt air falbh bho na tha e a' dèanamh). Chì sinn na aghaidh agus na shùilean gu bheil an t-eagal air. Chan eil an scriobt ag innse dhuinn ach a bheil e a' smaoinachadh gu bheil Màiri ann an cunnart far a bheil i? Tha an ceòl (nuair a tha Tormod a' coimhead oirre) a' cur ris a' bheachd seo – tha e dorcha agus eagalach a thaobh tòna. Ach chì sinn nach ann mar sin a tha suidheachadh Màiri: tha Màiri aig fois is i a' coimhead a-mach gu muir agus chan eil fios aice gur e Tormod a tha anns a' bhàta. Tha an ceòl ag atharrachadh nuair a tha an camara mar shùilean Màiri – tha e dòigheil agus ciùin. Dh'fhaodaist a ràdh gur e meatafor a tha san t-sealladh seo airson a' chàirdeis a tha eadar an dithis: tha iad air an sgaradh bho chèile. Chan eil Tormod a' tuigsinn Màiri agus chan eil Màiri eòlach airsan. Tha bàta Thormoid briste. Tha dorchadas, beag air bheag, a' tighinn. Tha an ceòl agus fuaim an einnsein bhriste a' cruthachadh fhàireachdainnean de eagal. Tha a' mhuir a' fàs nas gairbhe. Tha bàta Thormoid a' gluasad nas fhaisge air na creagan agus tha Tormod a' fàs nas iomagainiche. Tha an cunnart a' fàs fad na tìde. Tha Tormod mu dheireadh a' cur lasair suas nuair a tha fios aige nach urrainn dha fhèin càil a dhèanamh airson e fhèin a shàbhladh.

13. Aig a' chèilidh (Sealladh 21, 22, 22B, 24)

Tha na tha a' tachart aig muir agus an cèilidh air an toirt dhuinn còmhla, ach tha an dà shuidheachadh gu tur diofraichte. Tha coimeas èifeachdach air a dhèanamh eadar Tormod (a tha fuar agus ann am fìor chunnart) agus an fheadhainn a tha aig a' chèilidh (is iad blàth agus dòigheil.) Tha seo a' ruighinn àirde (agus a' toirt an dà shuidheachadh còmhla) nuair a chithear an lasair os cionn an talla. Tha Alasdair agus Màiri a' dannsadh an toiseach agus tha iad toilichte a bhith ann, le chèile. Tha Donneil a' faicinn cothrom nuair a tha Alasdair a' dol air an àrd-ùrlar – tha e a' dol gu Màiri sa bhad. Chan eil ise ag iarraidh dannsa an toiseach ach tha Donneil ag ràdh *Seallaidh mi dhut, a-rithist*. Tha am facal *a-rithist* a' toirt am follais dhuinn gu bheil eachdraidh eatarra. Tha e a' còrdadh ri Màiri a bhith a' dannsadh còmhla ri Donneil

agus chì sinn farmad agus fearg ann an aodann Alasdair. Aig an deireadh, tha an trìùir còmhla ri chèile – beagan coltach ri 'triantan-gaoil'.

14. Aig an ospadal (Sealladh 25-26)

Tha Fionnlagh air innse dhan teaghlach mar a thachair do Thormod agus gu bheil e san ospadal. Tha e soilleir gu bheil an t-eagal air Peigi gur dòcha gum bàsaich e. A dh'aindeoin seo, chan eil Màiri a' nochdadh dragh sam bith mun t-suidheachadh: *Carson a dh'fheumas mise a dhol ann?* Tha Màiri airson an teachdaireachd a thoirt seachad nach eil ceangal sam bith aice ri Tormod. Mar a chunnaic sinn ron a seo, nì Màiri mar a chanas Peigi ge-tà: *Bheir thusa mise chun an ospadail*. Tha e soilleir gu bheil Peigi an dòchas gun toir an suidheachadh seo air Màiri agus air Tormod tighinn nas fhaisge air a chèile agus tha i airson brath a ghabhail air. Tha e soilleir gu bheil faochadh air Peigi nuair a chì i Tormod. Ach chan eil dragh a' choin air Màiri mu a h-athair: *Tiugainn – chan eagal dha*. Tha Tormod a' tuigsinn gun robh e fortanach nach do bàsaich e agus tha e airson an cothrom a ghabhail *innse dhut (do Mhàiri) mar a thachair*. Tha Màiri cruaidh agus fuar ge-tà: *chan eil mise a' dol a dh'èisteachd*. A-rithist ge-tà, tha i a' dèanamh mar a tha Peigi ag iarraidh oirre: *Thoir dha mionaid* ged a tha an scriobt ag innse dhuinn nach eil *maitheanas sam bith na sùilean*. Tha Tormod ag aideachadh gu bheil adhbhar aig Màiri a bhith mar sin: *Tha mi duilich. Cha robh mi ... cha robh mi nam athair dhut*. Tha Màiri ag èisteachd airson greis ach tha a h-aghaidh dùinte. Mu dheireadh tha i a' cur stad air Tormod: *chan eil feum agams' air athair a-nis*. Tha Peigi a' cur làmh air gairdean Thormoid mus falbh i – tha i a' feuchainn ri a mhisneachadh – chan eil i airson gum bris an suidheachadh seo e. Tha Alasdair mì-chofhurteil – tha fios aige gu bheil Màiri ceàrr. Tha an scriobt ag innse dhuinn agus chì sinn gu bheil *ALASDAIR na stad diog a' coimhead THORMOID air fhàgail na aonar*.) Mar a thachair roimhe, feumaidh i dèanamh mar a chanas / mar a nì Màiri no bidh an càirdeas ann an cunnart.

15. Tormod a' cuimhneachadh air ais (Sealladh 26A)

Tha an ceòl a thòisich anns an t-sealladh mu dheireadh mar shanas gu bheil ais-shealladh eile gu bhith ann – tha is an coltas smaoinachail a th' air Tormod. 'S e an ais-shealladh an rud a bha Tormod airson innse do Mhàiri. Rinn Tormod taghadh Anna a shàbhaladh (cha robh an dotair a' smaoinachadh gum b' urrainn dha an dithis a shàbhaladh). Thug e Màiri do Thormod is feumaidh gun robh e an dùil gum bàsaicheadh i na gairdeanan. 'S e bàs obann Anna a thug cothrom dhan dotair Màiri a shàbhaladh. Chì sinn a-rithist gun robh Tormod gun fheum

san t-suidheachadh – tha e gun bhruidhinn agus gun ghluasad. Chì sinn gu bheil na thachair o chionn 27 bliadhna fhathast beò ann an inntinn Thormoid. Chaill e a bhean air an robh gaol mòr aige agus chaidh fhàgail le nighean bheag (agus an ciont mun taghadh a rinn e).

16. Aig a' phort-adhair a-rithist (Sealladh 27)

Chithear fìor coimeas eadar an sealladh mu dheireadh agus an sealladh seo. Tha an càirdeas eadar Màiri is a h-athair briste, marbh, ach tha gaol mòr anns an teaghlach a chì sinn an seo (Màiri is Alasdair agus an nighean bheag aca).

Tha Màiri a' leigeil fhaicinn gu bheil Alasdair nas cudromaiche dhi na a dachaigh: *B' fheàrr leam gun robh mi a' tighinn còmhla riut.* Ach faodar faighneachd, aig an aon àm, carson nach eil i a' falbh còmhla ris? Chan eil càil a' cur stad oirre. A bheil i à' fàs dèidheil air an àite?

Tha suidheachadh Thormoid a' cur dragh air Alasdair – feumaidh e bruidhinn mu dheidhinn mus falbh e (*Tha e a' tionndadh gus a dhol air a' phlèan ach a' stad agus a' tilleadh.*) Tha an t-eagal air an cuspair a thogail agus chithear carson ann am freagairt searbh Màiri: *Fàg e. Tha mi mar thu fhèin – chan eil màthair 's chan eil athair agam.* Tha Màiri a' toirt rabhadh dha gun bhruidhinn mun seo a-rithist: *Fàgaidh sinn aig a sin e.* Tha a guth, a sùilean agus a h-aghaidh fuar agus cruaidh.

Tha sinn a' mothachadh gur e caractar a tha caochlaideach na dòigh a th' ann am Màiri – cho luath 's a dh'atharraich i bho bhith blàth, gaolach gu bhith fuar, cruaidh.

Tha sinn cuideachd a' faighinn a-mach nach eil pàrantan aig Alasdair.

17. Aig taigh Peigi (Sealladh 28)

A thaobh plot, tha an aon rud a' tachairt anns an t-sealladh seo is a thachair anns an t-sealladh mu dheireadh. An turas seo ge-tà 's e Peigi a tha ro Mhàiri seach Alasdair.

Tha Màiri toilichte (mar a bha i aig a' phort-adhair) aig an toiseach – tha Anna na cadal, tha bracaist gu bhith aice agus tha a seanmhair ann. Tha seo ag atharrachadh (mar a thachair anns an t-sealladh mu dheireadh) nuair a tha Tormod a' tighinn a-steach dhan ghnòthach.

Le bhith a' toirt cuireadh do Thormod tighinn gu a bhracaist, tha Peigi a' dèanamh soilleir do Mhàiri gum feum i an dàimh eadar i fhèin agus Tormod a chur ceart ma tha sìth gu bhith na càirdeasan ris an àite agus ris na daoine.

Chì sinn gu bheil Peigi a-rithist a' feuchainn ri Tormod agus Màiri a thoirt còmhla. Tha i cuideachd a' toirt air Màiri tuigsinn gur e an taigh aice fhèin a th' ann agus gun dèan i

mar a tha i fhèin ag iarraidh (Fhuair sinn a-mach roimhe mu Riaghailtean Peigi). Tha Peigi a' dèanamh seo gu faiceallach ge-tà – tha fios aice nach còrd seo ri Màiri.

Tha Màiri a' leigeil fhaicinn nach eil i a' dol a ghabhail ris na tha Peigi air a chur air dòigh ge-tà: *Tha mi a' dol a-mach greiseag.* Ged a tha i a' bruidhinn gu ciùin, tha na faclan seo làn brìgh – tha i ag innse do Pheigi nach dèan i mar a tha ise ag iarraidh agus nach cuir i seachad tìde còmhla ri Tormod. Tha seo na briseadh-dùil do Pheigi – tha i ag osnaich.

18. Aig taigh Donna is Fhionnlagh a-rithist (Sealladh 29-30)

Tha an càirdeas eadar Iain agus Fionnlagh air briseadh. Tha Fionnlagh a' fàs fiadhaich (*Cha dèan thu tuilleadh e, a bhalaich*) ach chan eil seo a' dèanamh dragh do dh'Iain (*Cha chuir sibhse stad orm!*)

Tha an teaghlach a' dol a chall nan càraichean aca agus tha Donna a' cur na coire air Fionnlagh *Finlay: dèan rudeigin* (ged a tha sinn làn chinnteach gur e Donna a bu mhotha a dh'adhbharaich na fiachan).

Tha Iain gun dragh mun t-suidheachadh seo – tha e a' gàireachdainn. Tha e soilleir gu bheil e a' còrdadh ris gu bheil athair a' call nan càraichean aige ach nach caill e fhèin an cuad. Tha e air a' chùis a dhèanamh air athair. Ach an e nach eil e a' tuigsinn cho dona 's a tha an suidheachadh (oir bheir e buaidh air fhèin)?

19. Màiri agus Donneil còmhla ri chèile (Sealladh 31)

Tha Màiri troimh-a-chèile aig an toiseach – tha Alasdair air falbh agus tha i fhèin agus Peigi air a dhol a-mach air a chèile. Tha fios againn gu bheil Donneil dèidheil air Màiri – chan e co-thuiteamas a th' ann gu bheil e ga lorg anns an àite iomallach seo. Tha e ag iarraidh innse dhi gu bheil e *math d' fhaicinn air ais.*

'S e a' chiad rud a chanas Màiri: *Cha bu chòir dhomh a bhith air tilleadh dhachaigh.* Le bhith ag ràdh seo chì sinn na tha na h-inntinn: tha ise air fàs dèidheil air an àite agus tha pàirt dhith airson fuireach. Tha i air na seann bhannan a thoirt beò agus tha iad a-nis a' toirt buaidh oirre.

Tha Donneil a' nochdadh co-fhaireachdainn do Mhàiri a thaobh a bhith a' tilleadh: *Tha fhios agam.* Tha seo a' toirt buaidh air Màiri – tha Donneil ga tuigsinn oir tha e fhèin air tilleadh. Tha Donneil a' tuigsinn mar a tha Màiri a' faireachdainn: *Tha na bannan làidir – leis an àite agus leis na daoine.* Tha Màiri a' tuigsinn gur dòcha gun tig sgaradh eadar i fhèin is Alasdair agus eadar a' bheatha a th' aice sa bhaile mhòr agus a' bheatha a bhiodh aice air an eilean.

Tha Màiri a' toirt pòg do Dhonneil agus anns a' bhad tha i a' tuigsinn gu bheil i air mearachd mhòr a dhèanamh: *cha robh còir aig sin tachairt.* Tha na thachair air suidheachadh Màiri a dhèanamh fada nas toinnte agus nas dorra (le Alasdair, le Donneil, leis an eilean). Tha Màiri a' teicheadh agus tha Donneil

an toiseach a' dol ga leantainn. Tha Donneil an uair sin a' tuigsinn gum feum i a bhith leatha fhèin. Bidh an suidheachadh seo air dòchas a thoirt do Dhonneil ge-tà.

20. Air ais aig taigh Peigi (Sealladh 32)

Tha Peigi mì-thoilichte gu bheil Màiri air a bhith air falbh ro fhada – thuit Anna na cadal is i a' rànaich. Tha i a' dèanamh a-mach nach e màthair ro mhath a th' innte agus gu bheil i fhèin a' dèanamh cus dhi.

Tha Màiri mar nighean bheag anns an t-sealladh seo – chithear seo na coltas agus na bruidhinn. Tha na thachair le Donneil air buaidh a thoirt oirre agus tha e air tighinn a-steach oirre nach eil i airson falbh.

Tha e mar gu bheil fios aig Peigi dè na th' ann an inntinn Màiri agus gu bheil i airson toirt oirre co-dhùnadh a dhèanamh:
Feumaidh tu greasad ort mus cail thu 'm bàta.

Tha Màiri ag innse seo dha a seanmhair gum fuirich iad *seachdain eile*.

Tha e inntinneach beachdachadh air carson a tha i airson fuireach. Tha seachdain eile a' dol a thoirt buaidh air an t-suidheachadh aice: Dè chanas Alasdair? Dè shaoileas Donneil? ...

Prògram 3:

Coimheadaidh na sgoilearan an toiseach air an treas prògram air fad (mu leth-uair a thìde). Bheir sin cothrom dhaibh am plot a thuigsinn agus tuilleadh eòlais a chur air na caractaran agus air an t-suidheachadh.

Bu chòir dhan chlas beachdachadh air an obair a tha an lùib a' phrògram seo (faic an stiùireadh anns an aonad agus an eisimpleir (Iain agus Tormod). Tha e an urra ris an tidsear tighinn gu co-dhùnadh a thaobh dè as fhreagarraiche: gun gabh na sgoilearan notaichean mu na càirdeasan air fad no mu dìreach dhà no thrì de na càirdeasan. A thaobh fiosrachaidh agus sgrùdaidh, 's iad na càirdeasan as cudromaiche a leanas agus anns an òrdugh seo:

- Màiri agus Tormod
- Màiri agus Alasdair
- Donna, Fionnlagh agus Iain
- Màiri agus Peigi
- Màiri agus Donneil
- Donneil agus Alasdair

Coimheadaidh sgoilearan am prògram a-rithist. Bu chòir dhan tidsear am prògram a stad aig amannan freagarrach agus gu tric gus am bi cothrom aig na sgoilearan notaichean a ghabhail mu na prìomh bhannan a ch' iad. Bu chòir dhan tidsear iarraidh air sgoilearan

fiosrachadh freagarrach, fianais, beachdan agus sgrùdadh a chur anns na freagairtean aca.

Tha eisimpleirean de shàr fhreagairtean anns a' phasgan seo. Bhiodh iad seo feumail do thidsear nach eil cho eòlach air *Bannan* no do sgoilearan a tha ag obair air an ceann fhèin.

Màiri agus Tormod

Tha atharrachadh a' tighinn air a' chàirdeas eadar Màiri agus Tormod anns a' phrògram seo.

17:34 - 18:33 (Sealladh 16)

Tha Peigi air a ràdh gum feum Màiri mathanas a thoirt do Thormod ma tha i airson fuireach air an eilean: *Chan eil thu a' dol a dh'fhuireach air an eilean gus am bi cùisean rèidh eadar thu fhèin is Tormod.*

19:39 - 22:44 (Sealladh 19 - 22A)

Tha Màiri a' tuigsinn gum feum i dèanamh mar a tha Peigi ag ràdh. Tha i a' pàirceadh a' chàir aice faisg air a' chidhe (far a bheil Alasdair ag obair). Tha i a' fàgail na h-iuchrach anns a' chàr (rud a tha a' toirt cothrom do dh'Iain an càr a dhràibheadh). Tha i cuideachd a' fàgail Anna sa chàr – gus nach bi ceangal sam bith eadar Anna agus Tormod.

Ch' sinn nach eil e furasta dhi a dhol a bhruidhinn ri a h-athair – tha i a' tarraing anail mhòr agus a' fuireach tiotan mus coisich i thuige gu bragail. Tha i a' bruidhinn ris is a gairdeanais paisgte air a beulaibh – tha seo a' nochdadh cho dùinte 's a tha i a thaobh a h-athar. Tha Màiri ag innse dha Tormod mar a bhios cùisean ag obair: *Tha sinn gu bhith a' gluasad dhachaigh. ... Ach chan eil mi ag iarraidh gum bi gnothach againn ri càch-a-chèile. Gum bi thu faisg ormsa - neo air Anna. 'S e Peigi a tha ag iarraidh na bannan seo a cheangal. Mar sin ma bhios Peigi mun cuairt cha leig thu càil ort. Ceart?*

Tha Tormod airson gum bi cothrom aige innse dhi *mar a thachair* ach chan eil Màiri deònach sin a thoirt dha.

Tha Màiri a' coiseachd air falbh nuair a ch' i nach eil an càr (no Anna) ann. Tha i ag èigheach *An càr*. Airson a' chiad uair na beatha tha i a' nochdadh (gun fhios dhi fhèin) gu bheil i a' cur feum air a h-athair.

Ch' sinn gu bheil Màiri air fàs cleachdte ri bhith a' cur na coire air a h-athair airson nan diofar rudan a tha ceàrr na beatha. 'S e sin a thachras an seo: *carson a chaidh mi a choimhead ortsa?* Ch' sinn nuair a tha Tormod a' dràibheadh gu bheil a' chùis air leth cudromach dha fhèin – tha e soilleir gu bheil e a' faicinn Màiri agus Anna mar an teaghlach aige fhèin.

23:16 - 25:02 (Sealladh 26 - 26A)

Airson a' chiad uair, chì sinn Tormod a' gabhail uallach airson a theaghlach. 'S esan a tha a' dol sìos airson Anna a shàbhaladh (chan e am poileas no Màiri). Tha co-fhaireachdainn againn ris nuair a bheir e Anna dha Màiri agus Alasdair. Chithear, nuair a tha e a' coimhead sìos ris a' chàr bhrìste aig bonn a' ghlinne, gu bheil e a' tuigsinn cho faisg 's a bha e air cuideigin eile de theaghlach a chall.

Chan eil Màiri air taing a thoirt do Thormod aig an ìre seo ge-tà. Tha Tormod a' cur a làimh air a gàirdean. Chan eil Màiri ga diùltadh, ach chan eil i a' coimhead air ach tiotan mus dùin i a sùilean. Mu dheireadh, tha Tormod a' toirt a làimh bhuaipe – tha e mì-chinnteach a thaobh faireachdainn Màiri dha – tha sinn a' faireachdainn troimh-a-chèile mun seo.

25:03 - 25:58 (Sealladh 27)

Tha a h-uile duine air tilleadh a thaigh Peigi. Chithear Tormod a' coimhead ri Màiri, Alasdair agus Anna is iad cho dòigheil còmhla ri chèile. Tha esan fhathast air an taobh a-muigh agus tha e a' faireachdainn seo. Tha Màiri agus Tormod a' coimhead ri chèile tron altachadh, ach chan eil Màiri a' toirt adhbhar misneachd dha creidsinn gu bheil i air mathanas a thoirt dha. Tha e ag èirigh agus a' dèanamh air an doras agus chì sinn gu bheil Màiri mì-chinnteach a thaobh dè bu chòir dhi a dhèanamh. Tha e uabhasach doirbh dhi mathanas a thoirt dha agus gluasad air adhart – a dh'aindeoin na tha Tormod air a dhèanamh dhi an latha sin fhèin. Mura b' e Peigi (a ghnog a ceann rithe), am biodh Màiri air a dhol às dèidh Thormoid?

25:59 - deireadh (Sealladh 27A)

Tha Tormod an impis an taigh fhàgail is a chridhe, saoilidh sinn, a' briseadh às ùr. Tha Màiri a' nochdadh is a sheacaid gu bhith air. Tha Màiri a' toirt cothrom dha dèanamh mar a dh'iarr e oirre aig an ospadal agus aig a' chidhe: *Inns dhomh. Dè bh' ann – an oidhche ud.* Airson a' chiad uair, tha a guth blàth agus fosgailte nuair a bhruidhneas i ris. Tha e inntinneach gu bheil Tormod a' cur crìoch air a sheacaid a chur air mus freagair e – tha e mar gu bheil e an dùil ri diùltadh eile. Tha Màiri a' cluinntinn na thachair: nach b' urrainn dhan dotair Màiri agus a mhàthair a shàbhaladh agus gun do *thagh mi do mhàthair. 'S ann a dh'fhàg mi thusa... Ciamar bhon latha ud a sheallainn riut... 'S tu cho coltach rithe.* Tha an scriobt ag innse dhuinn gu bheil *Màiri a' tuigs' mu dheireadh thall.* Bha dà adhbhar nach b' urrainn do Thormod *tighinn faisg ort.* 'S e an ciont gun do thagh e am bàs, mar gum biodh, do Mhàiri a' chiad adhbhar. 'S e an dàrna adhbhar gun robh Tormod briste às dèidh bàs a mhnà agus gun cuireadh e ri a bhròn nam faiceadh e Màiri. Tha an scriobt ag innse dhuinn gu bheil *Tormod briste* is e ag innse mar a thachair: *Seo an rud nach do dh'aidich e dha duine beò!*

Tha sinn a' faicinn Màiri a' tionndadh bho Thormod agus ga fhàgail agus tha sinn draghail nach eil i a' gabhail ris na thuirt e. Tha Tormod fhèin na sheasamh is gun fhios aige dè tha fa-near dhi. Tha Màiri a' tilleadh gu h-obann le Anna. Tha àirde chiùin, àlainn anns an loidhne mu dheireadh anns an t-sreath: *Anna – seo m' athair. Do sheanair.* Abair cànan simplidh a tha loma-làn fhaireachdainnean agus brìgh! Tha na faclan seo a' samhlachadh nach eil Tormod tuilleadh air an taobh a-muigh ach gu bheil an teaghlach slàn. Tha seo air a neartachadh nuair a bheir Màiri Anna dha a h-athair agus nuair a bheir esan pòg dhan tè bhig. Tha am prògram a' crìochnachadh le gàire air aghaidh Thormoid – a' chiad turas a chunnaic sinn sin.

Màiri agus Alasdair

Tha sinn a' faicinn anns a' phrògram seo gu bheil càirdeas riaslach eadar Màiri agus Alasdair agus gu bheil deagh adhbhar aig Alasdair a bhith farmadach.

3:14 - 4:36 (Sealladh 3)

Faodar a ràdh gu bheil Màiri ga cur fhèin air thoiseach anns a' chàirdeas seo. Tha Màiri air co-dhùnadh mòr a dhèanamh (fuireach seachdain eile air an eilean) ach 's ann às dèidh dhi an co-dhùnadh a dhèanamh a tha i ag innse do dh'Alasdair (ged a tha an co-dhùnadh a' toirt buaidh mhòr airsan). Tha seo a' toirt oirnn ceasnachadh dè cho fallain 's a tha an càirdeas. Tha e soilleir nach eil Alasdair toilichte mun t-suidheachadh. Tha a chainnt blàth (nuair a bhruidhneas iad air a' fòn) ag atharrachadh agus a' fàs nas fhuaire leis mar a tha an còmhraidh a' dol air adhart. Tha briathran a' ghaoil a dhith: *Okay. Tiors.* Tha Alasdair faiceallach ge-tà nach toir an fhearg air an suidheachadh a dhèanamh nas miosa. Chì sinn gu bheil Alasdair a' cur barrachd luach air a' chàirdeas a th' aige ri Màiri na obair (eu-coltach ri Màiri, 's dòcha, a bha a' dèanamh dearmad air Anna leis gun robh obair chudromach aice ri dèanamh). Tha suidhichidhean gu math cudromach aig an dithis aca nan obair ach tha teaghlach nas cudromaiche do dh'Alasdair.

7:02 - 8:34 (Sealladh 7)

Tha sinn a' faicinn mar a bha Màiri ann am fìor shuidheachadh doirbh nuair a nochd Alasdair fhad 's a bha Donnell a' bruidhinn rithe. Tha an scriobt a' faighneachd na ceist: *Dè cho fad 's a bha e a' seasamh far a bheil e? Sin a' cheist a tha air Màiri is i a' feuchainn ri dèanamh a-mach a bheil a h-uile càil mar as còir.* Ach tha e soilleir gun cuala Alasdair no gu bheil amharras math aige air na thachair: *Dè th' againn ri rèiteach?* Seo a' chiad turas a chunnaic sinn Alasdair a' cur ceist ann an dilseachd Màiri (ged a tha dragh air a bhith air roimhe): *Chan fhàg. Tha mi air fhàgail fada gu leòr. Dè tha tachairt, a Mhàiri?* Tha Alasdair feargach agus cha dèan ach an fhìrinn a' chùis dha.

11:41 - 12:26 (Sealladh 11)

Tha an t-sabaid eadar Donneil agus Alasdair a' toirt cothrom do Mhàiri sealltainn do dh'Alasdair (agus cuideachd do Dhoneil agus do chàch) cò air a tha a gaol agus tha i ag innse dha gu poblach: *'S tusa an aon ... a tha a' cunntadh dhòmhsa. Tha gaol mo chridhe agam ort Alasdair.* Chì sinn mar a tha faireachdainnean agus inntinn Alasdair ag atharrachadh fhad 's a tha Màiri a' bruidhinn ris agus nuair a bheir i pòg dha. Tha e an toiseach a' coimhead sìos agus an uair sin a' coimhead oirre. Chan eil e an toiseach deònach a pògadh, ach an uair sin, tha. Tha e soilleir gu bheil e air mathanas a thoirt dhi.

13:15 - 16:07 (Sealladh 13-14A)

Chì sinn gu bheil an càirdeas eadar Alasdair agus Màiri gu math caochlaideach. Chan eil cho fada on a bha e briste ach 's ann a tha an dithis aca a-nis gu math faisg a-rithist. Tha e coltach gu bheil e furasta dhaibh gluasad air adhart. Tha Alasdair ag ràdh rudeigin a bheir aithreachas air às a dhèidh: *'S iongantach mura b' e àite math a bh' ann a bhith air d' àrach.* Chan eil e a' tuigsinn aig an ìre seo gu bheil an t-eilean a-nis ann an cridhe Màiri: *'S ann air an eilean a tha mo ghaol-sa.* Tha e follaiseach gu bheil an seantans seo a' toirt air Alasdair a bhith a' faireachdainn mì-chofhurtail. Tha e ga cheasnachadh fhèin a thaobh dè as cudromaiche do Mhàiri. Tha Alasdair an uair sin a' tuigsinn gu bheil e ceart a bhith draghail. Tha Màiri a' ràdh ris: *Tha mi ag iarraidh tuilleadh dhan seo. Tha mi ag iarraidh tighinn dhachaigh ... Ach an tigeadh tus' - còmhla rium?* Chì sinn an seo nach eil Màiri idir cothromach a thaobh Alasdair. Na bu thràithe an latha sin fhèin, thuirt i ris gur esan gaol mo chridhe agus thug e mathanas dhi. Tha i a-nis ag innse dha gu bheil i airson fuireach air an eilean – ged nach tigeadh esan.

17:34 - 18:33 (Sealladh 16)

Chì sinn gu bheil pàtran a' nochdadh anns a' chàirdeas eadar Màiri agus Alasdair. Tha Màiri a' dèanamh co-dhùnadh cudromach eile (a' gabhail obair air an eilean) gun bhruidhinn ri Alasdair ro-làimh. An turas seo, tha Alasdair a' nochdadh gu bheil e fiadhaich: *Dè? Agus ghabh thu e?* Tha Màiri cuideachd a' cur car anns a' chòmhradh a bh' aca na bu thràithe air an latha: *Thuirt thusa gur e àite math a tha seo airson leanabh a thogail. Gum biodh e math dha Anna.* (Chithear gu h-àrd dè dìreach a thuirt Alasdair.) Tha e coltach gu bheil Màiri a' cur dreach ùr air na thuirt Alasdair agus a' cleachdadh Anna airson na tha i fhèin ag iarraidh fhìrinneachadh. (Tha i a' dèanamh an aon rud nuair a chanas i *Tha Donneil air obair a thairgse dhomh.*) Tha Màiri an uair sin ag adhbharachadh sgaradh eadar an dithis aca gus cuideam a chur air Alasdair: *Nach eil an aon fhaireachdainn agad air an àite 's a th' agamsa?*

23:16 - 25:02 (Sealladh 26 - 26A)

Thathar a' faicinn mar a tha suidheachadh eagalach a' chàir a' toirt Alasdair agus Màiri còmhla. Theab iad Anna a chall agus tha iad mu dheireadh thall air tuigsinn nach eil càil nas cudromaiche na teaghlach. Tha seo air a shamhlachadh le mar a tha iad a' gabhail grèim teann air a chèile.

25:03 - 25:58 (Sealladh 27)

Chithear a-rithist an luach a tha Màiri agus Alasdair a' cur air Anna is iad air an t-sòfa còmhla rithe. Tha iad a' faicinn cho fortanach 's a tha iad mar theaghlach. Chan eil Màiri a-nis ro thrang ùine a chur seachad còmhla ri Anna. Chithear teaghlach dòigheil, slàn.

Donna, Fionnlagh agus Iain

Chì sinn anns a' phrògram seo gu bheil an càirdeas eadar Donna, Fionnlagh agus Iain ann an droch staid agus a' fàs nas miosa buileach.

4:37 - 5:26 (Sealladh 4)

Chan eil Fionnlagh agus Donna a' bruidhinn – fiù 's mu na gnothaichean as cudromaiche. Tha Fionnlagh air iarraidh air neach-reic thaighean sùil a thoirt air an taigh aca ach chan eil fios aig Donna air a seo. Ach chan fhada gus a bheil làmh-an-uachdair aig Donna air an t-suidheachadh agus air Fionnlagh fhèin: *Thoir an duine sin a-mach à seo.*

12:27 - 13:15 (Sealladh 12)

Tha Iain a' gearan ri Fionnlagh mu a phàrantan. Tha e ag ràdh gu bheil iad coma mu dheidhinn agus nach eil càil cudromach dhaibh ach an taigh. Tha e ag innse do Thormod nach bi e ann fada.

18:34 - 19:38 (Sealladh 17-18)

Tha Fionnlagh den bheachd nach eil amas aig Iain na bheatha agus tha e a' feuchainn ri a mhisneachadh obair fhaighinn san oifis anns a bheil e fhèin ag obair. Chì sinn gu bheil barrachd ùidh aig Donna. Dè (*an tuarastal a) bhiodh ann, Finlay.* Ann an seo na th' aig Iain (*Chan eil mi ag iarraidh a bhith a' cunntadh airgid ann an oifis.*) Tha rùn Donna a' tighinn am follais: *bhiodh airgead na do phòcaid ... agus dh'fhaodadh tu ... beagan màl a phàigheadh.* Tha Iain ag aithneachadh na th' ann an inntinn a mhàthar: *Màl! Pàigheadh nam fiachan agaibhse! ... Cumaibh an taigh sa - cha bhi mise na bhroinn! Tha e a' cunntadh tòrr a bharrachd na tha mis'!* Tha seo ag adhbharachadh barrachd strì anns a' chàirdeas eadar Fionnlagh agus Donna. Chì Fionnlagh mar a bha Donna airson a mac a chleachdadh agus tha faclan geur aige dha bhean: *Chan e a h-uile fear a dh'èisteach ri na beachdan leibideach agadsa!* Chithear gu bheil Donna feargach (seach ciontach) ach tha fios aice gu bheil Fionnlagh ceart.

22:45 - 22:58 (Sealladh 23)

Tha Fionnlagh agus Donna ann am meadhan argamaid mhòr – tha e soilleir gu bheil Donna a' sireadh dìoghaltas airson mar a chuir Fionnlagh sìos i roimhe (*Chan e a h-uile fear a dh'èistean ri na beachdan leibideach agadsa!*) Tha Donna a' bruidhinn le guth a' mhagaidh agus a' chàinidh: *Dè th' air tachairt dhut?* Tha i a-rithist a' toirt ionnsaigh air a chreideamh: *Cha do rinn do chuid chùrainn fiù 's cobhair dhut.* Tha an ceòl a' cur ris na faireachdainnean feargach. Tha Peigi a' tighinn a-steach agus ag innse dhaibh gu bheil *Iain air a dhol far nan creagan aig Rudha nam Mairbh.* Tha an naidheachd seo gan toirt às an t-suidheachadh shearbh sa bheil iad.

23:16 - 25:02 (Sealladh 26 - 26A)

Tha fios aig Iain gu bheil am bàs glè fhaisg air agus nach urrainn dha càil a dhèanamh gus an suidheachadh seo atharrachadh. Tha làn fhios aige gum bàsaich Anna (a tha a' sgreuchail ann an cùl a' chàir) cuideachd ma thuiteas an càr gu bonn a' ghlinne agus gur esan a-mhàin as coireach airson na th' air tachairt. Tha athair a' dol a dh'fheuchainn ri Iain a shàbhaladh. Airson a' chiad uair, tha sinn a' faicinn cùram agus gràdh aig Donna do dh'Fhionnlagh: *Finlay. Bi faiceallach.* Chithear seo a-rithist nuair a ghluaiseas an càr agus nuair a thuiteas Fionnlagh. Tha sinn a' faicinn cuideachd mar a tha Iain a' tuigsinn an fheum a th' aige air athair: *Dad, cuidich mi.* Seo a' chiad turas a chuala sinn Iain a' cleachdadh an fhacail *Dad.* Tha athair a' feuchainn ri chofhurtachadh agus a mhisneachadh: *Tha thu ceart gu leòr. Gabh air do shocair.* Tha mar a tha an dithis a' gabhail grèim air a chèile mar mheatafor a thaobh mar a tha iad a' tuigsinn gu bheil iad feumach air a chèile agus mar a tha gràdh aca air a chèile. Tha am faochadh a th' air aghaidh Donna a' toirt am follais nam faireachdainnean a th' aice fhèin. Tha seo air a neartachadh le cleasachd agus le ceòl nuair a thilgeas i a gàirdeanan timcheall air an dithis aca – chithear, aig an àm seo co-dhiù, gu bheil i a' cur meas orra thar a h-uile càil eile.

25:03 - 25:58 (Sealladh 27)

Tha an teaghlach seo, mu dheireadh thall, slàn. Tha Iain, mar a dh'innseas an scribe dhuinn, *cho moiteil às athair.* Tha Donna na seasamh air cùlaibh an dithis eile agus a' cur a làmh an timcheall orra. Tha gàire agus fealla-dhà ann. Tha altachadh Fhionnlaigh sìmplidh ach gu follaiseach bho chridhe: *tha sinn a' toirt taing Dhut airson an teaghlach a thoirt tron chàs. Tha sinn taingeil gu bheil sinn uile cruinn còmhla.* Tha eadhon Iain agus Donna (a bhiodh cho tric a' magadh air Fionnlagh air sgàth a chreidimh) ag aomadh an cinn – tha an teaghlach aonaichte.

Màiri agus Peigi

Chì sinn anns a' phrògram seo gu bheil Peigi fhathast mar mhàthair do Mhàiri ('s i a thog Màiri agus tha an dàimh seo fhathast ann). Tha Peigi gu tur eòlach air Màiri agus tha i fhathast a' feuchainn ri a cumail air an t-slighe cheirt.

0:55 - 2:37 (Sealladh 1)

Chithear aig toiseach a' phrògram nach eil e a' còrdadh ri Peigi mar a tha Màiri a' cur a h-obrach air thoiseach air Anna (tha Anna a' sgreuchail agus chan eil Màiri ach a' cur a làimh a-null thuice). Chan eil Peigi airson gnothach a ghabhail ach tha an suidheachadh a' toirt oirre. Tha Peigi a' dèanamh an rud a bu chòir do Mhàiri (mar mhàthair Anna) a dhèanamh – tha i a' togail Anna agus ga cofhurtachadh. Tha e soilleir gu bheil Peigi mion-eòlach air Màiri – tha i ag aithneachadh gu bheil rudeigin a' dèanamh dragh dhi (*Dè tha ceàrr ort, a Mhàiri?*) agus chan eil Peigi ga creidsinn nuair a chanas Màiri nach eil càil ceàrr. Tha fios aig Màiri nach urrainn dhi càil a chleith air a seanmhair – tha an scribe ag innse dhuinn gu bheil Màiri a' tuigs' nach eil i dol a dh'fhaighinn às leis an seo gus an inns i dhi. Tha Màiri ga giùlan fhèin mar nighean bheag nuair a dh'innseas i mar a thachair le Donneil.

17:34 - 18:33 (Sealladh 16)

Tha Màiri a' feuchainn ri Peigi a chleachdadh nuair a tha i a' feuchainn ri toirt air Alasdair fuireach air an eilean: *Granaidh - cuidich mi. Tha gu leòr ag obair tron eadar-lìon nach eil? ... Tha mise ag ràdh gum faod Alasdair obair bhon eilean cuideachd.* Tha sinn a' faicinn gliocas Peigi – chan eil i a' taobhadh ri Màiri no Alasdair. Tha Peigi, mar as àbhaist, a' faicinn gur e cothrom a tha seo toirt air Màiri gabhail ris gur e seo an t-àm mathanas a thoirt do Thormod: *Chan urrainn dhut (fuireach air an eilean) ... Chan eil thu a' dol a dh'fhuireach air an eilean gus am bi cùisean rèidh eadar thu fhèin is Thormod.* Chì sinn gur ann aicese a tha làmh-an-uachdair anns a' chàirdeas seo.

25:03 - 25:58 (Sealladh 27)

Tha sinn a' faicinn anns an t-sealladh seo mar a tha buaidh aig Peigi air Màiri agus na nì i. Mura b' e Peigi (a ghnog a ceann rithe), am biodh Màiri air a dhol às dèidh Thormoid? 'S e Peigi a bheir air Màiri tuigsinn gum feum i seo a dhèanamh.

Màiri agus Donneil

Thug Màiri pòg do Dhonneil an latha roimhe agus tha a' bhuaidh a th' aig a sin aig meadhan plot Prògram a Trì.

7:02 - 8:34 (Sealladh 7)

Tha an scriobt ag innse dhuinn mu Mhàiri: *tha na thachair an-dè air a h-inntinn 's tha e follaiseach nach eil i a' smaoineachadh air dad eile.*

Tha Màiri a' feuchainn ri falach air cùl an dorais nuair a chì i Donneil a' coiseachd seachad air an uinneig. Chì sinn gu bheil taobh leanabail air pearsa Màiri agus gum b' fheàrr leatha suidheachadh doirbh a sheachnadh na dèiligeadh ris.

Tha Donneil air tighinn a chèilidh air Màiri is e an dòchas gum bi i deònach Alasdair fhàgail agus esan a ghabhail. Tha seo soilleir anns na briathran aige: *Brèagha ... eehm ... an latha. Tha agus thu fhèin ... Bha e na do shùilean an-dè.*

Tha Màiri car lag agus mì-chinnteach – chan eil e soilleir dè bhiodh air tachairt mura biodh Alasdair air nochdadh.

11:41 - 12:26 (Sealladh 11)

Às dèidh na sabaid, tha e inntinneach gun deach Màiri an toiseach gu Donneil – feumaidh gun tug sin dòchas dha. Ach tha droch naidheachd aig Màiri dha: *Cha b' e thusa bha mi a' sireadh.*

13:15 - 15:29 (Sealladh 13)

Tha Màiri ag innse nach *b' e Donneil a phòg mi - ach seo! (an t-àite)*. Le seo, tha i ag innse dhuinn gu bheil gaol aice air an eilean ach gun robh Donneil mar shamhla air an eilean anns an do dh'fhàs i suas. 'S e leisgeul car faoin a tha seo airson na thachair ach tha sinn a' faicinn cuideachd mar a bha/tha inntinn Màiri troimh-a-chèile is an saoghal aice ag atharrachadh gu tur is i air tilleadh dhan eilean.

16:08 - 17:33 (Sealladh 15-15A)

Chì sinn gur e boireannach bras a th' ann am Màiri. Gun bhruidhinn ri Alasdair agus a dh'aindeoin an latha a th' air a bhith ann, tha i a' tadhal air Donneil airson iarraidh air obair a thoirt dhi. Thathas a' faireachdainn gu bheil slànachadh a' tighinn air a' chàirdeas eadar an dithis aca aig an àm seo – tha iad a' tuigsinn a chèile.

Doneil agus Alasdair

Tha an strì eadar Donneil agus Alasdair a' ruighinn ìre fada nas àirde anns a' phrògram seo. 7:02 - 8:34 (Sealladh 7)
Cha robh anns an t-strì roimhe ach farmad ach tha fios aig Alasdair a-nis gun do phòg Màiri agus Donneil. (Thàinig Alasdair a-steach a thaigh Peigi nuair a bha Donneil agus Màiri a' bruidhinn air an t-suidheachadh.) Feumaidh gun robh Donneil den bheachd gun robh e fhèin ann an suidheachadh làidir nuair a dh'fhàg e Alasdair agus Màiri: *Fàgaidh mi sibhse le chèile airson a' chùis a rèiteach.*

8:35 - 10:06 (Sealladh 8-9B)

Tha fios aig Alasdair gu bheil Donneil air a dhol gu coinneamh urrais. Tha e soilleir gu bheil Màiri air innse do dh'Alasdair mar a thachair agus gu bheil Alasdair a-nise na chabhaig air a shlighe gus Donneil fhaicinn. Tha Alasdair a' briseadh a-steach dhan choinneimh agus ag èigheach air beulaibh a h-uile duine: *Thusa! A-muigh! An-dràsta!* Chì sinn gu bheil Alasdair fiadhaich agus gu bheil Donneil air clisgeadh.

11:41 - 12:26 (Sealladh 11)

Chì sinn cho cudromach 's a tha Màiri dhan dithis aca nuair a tha iad a' cur aghaidh air a chèile taobh a-muigh an talla 's na bha sa choinneimh gan coimhead. 'S e suidheachadh nàr a tha seo ach chan eil sin a' dèanamh dragh dhaibh. Tha Donneil airson Alasdair a bhuaireadh (*Is i a phòg mise ... Tha a pògan ro mhilis!*) agus tha e soilleir gu bheil e an dòchas gur esan a bhuannaicheas Màiri fhathast. Mar a tha an scriobt ag innse dhuinn, tha briathran Dhonneil *cus dha Alasdair* agus tha e ga leagail le sgleog chruaidh.

23:07 - 23:15 (Sealladh 25)

Tha Donneil agus Alasdair air an toirt còmhla tro fhìor dhroch naidheachd: *Tha càr Màiri air a dhol far nan creagan! Tha Iain - agus Anna bheag na bhroinn.* Tha e soilleir gu bheil an dithis aca a' dol còmhla gu *Rubha nam Mairbh*. Ged nach fhaic sinn iad còmhla a-rithist, tha sinn den bheachd gu bheil na trioblaidean a bha eatarra seachad.

Bannan: Agallamhan

Seo cothrom dha na sgoilearan beagan eòlais a chur air cleasaichean *Bhannan*. Dh'fhaodadh gum biodh an obair seo feumail mar obair leudachaidh no mar obair-dachaigh.

Bannan: Sgrùdadh Litreachais (SQA)



Bidh aig sgoilearan a tha a' dèanamh cùrsa Gàidhlig aig Ìre Nàiseanta a Còig agus aig Àrd-Ìre ri aiste litreachais a dhèanamh anns an deuchainn aig deireadh na bliadhna. A bharrachd air bàrdachd, sgeulachd ghoirid, nobhail agus eile, bidh cothrom aca sgrùdadh a dhèanamh air prògram Gàidhlig, leithid *Bannan*.



'S e sreath-pìleat a bh' anns a' chiad trì prògraman de *Bhannan*. Chaidh an cruthachadh gu bhith mar fhilm, le toiseach agus deireadh. Bhiodh e mar sin gu math freagarrach sgrùdadh a dhèanamh orra.



Tha am pìos seo den aonad ag amas air stiùireadh a thoirt do sgoilearan a thaobh mar a nì iad sgrùdadh air prògram Gàidhlig no film, coltach ri *Bannan*.